Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Disathairne 13 Dùbhlachd 2014 @ 1.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, Disathairne 13 Dùbhlachd bho 1.00f

Clàr Chùisean

4.2014.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

4.2014.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Blas 2014 agus planaichean airson Blas 2015 — Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(c) Ceòl nam Fèis aig Celtic Connections — Aithris airson Fiosrachaidh
(d) Duaisean — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e) Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd: Taisbeanadh — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(f) Co-chomhairle air Plana Fèisean nan Gàidheal 2015-20 — Airson Deasbaid agus Aontachaidh

4.2014.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2014-15 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2014 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d) Tabhartasan nam Fèisean 2014-15 — Airson Fiosrachaidh
(e) Maoin Chunbhalach bho Alba Chruthachail — Airson Aontachaidh agus Deasbaid

4.2014.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Toradh atharrachaidhean ann an structar sgioba-obrach na buidhne — Aithris airson Fiosrachaidh

4.2014.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-obrach — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba — Aithris airson Fiosrachaidh

4.2014.06 EILE

(a) Cinn-latha son coinneamhan 2015 — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail san Taigh-òsta Golf View, Inbhir Narann bho 2f air Dihaoine 26 Sultain 2014

3.2014.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Donnchadh MacGuaire (Cathraiche), Ùisdean Robasdan, Peigi NicIllFhinnein, Deirdre Beck, Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Elaine Spence, Raibeart MacFhionghain, Kirsteen Ghreumach, Ealasaid NicIlleBhàin, an Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 16 Cèitean 2014 a sgaoileadh.

A thaobh puing 5(b) mu Structar Luchd-obrach, chaidh aire a thoirt dha mar a bha Deirdre Beck air com-pàirt a nochdadh sa chùis agus gun do dh'fhàg i a' choinneamh fhad 's a bhathar a' bruidhinn mu dheidhinn.

Às dèidh an atharrachaidh sin, mhol Deirdre Beck gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus chuir Donnchadh MacGuaire a thaic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann nach robh air a' chlàr-ghnothaich mu thràth.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh den Bhòrd Stiùiridh aig Fèis Bhlas Earranta

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh den Bhòrd Stiùiridh aig Blas, a chaidh a chumail air 14 Lùnastal, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

3.2014.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, airson 2014-15 suas gu 30 Ògmhios 2014, a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Chaidh aontachadh gun robh an aithisg a' toirt sealladh math do dhaoine air mar a tha sinn a' toirt ar pròg raim gu buil agus air mar a tha sinn a' coileanadh targaidean nam buidhnean a tha toirt maoineachadh dhuinn.

(b) Blas 2014

Rinn Art MacCarmaig aithris air mar a chaidh do Bhlas 2014. Shoirbhich leis an fhèis agus bha cuid de na tachartasan ann air an robh fèill mhòr, nam measg bha am barrantachadh 'Mìorbhail nam Beann' agus a' chuirm-chrìochnachaidh, 'Ceòl nam Fèis'

Cuideachd bha Pròg ram nan Sgoiltean mòr ann agus tha sinn a' feitheamh ri fios fhaighinn air ais bho High Life Highland feuch ciamar a chòrd sin ri daoine.

Fhuaras maoineachadh bho EventScotland gus biadh is deochan ionadail a thabhann aig na tachartasan agus dh'obraich sin fìor mhath.

Chaidh bruidhinn air dè na dòighean a b' fheàrr beachdan fhaighinn bho dhaoine a bha air a

bhith an làthair aig na tachartasan. Thuirt an Ceannard gun robhar a' sireadh bheachdan bho dhaoine air-loidhne le bhith ag innse dhaibh mu na ceisteachain a tha rim faotainn air làrach-lìn Bhlas.

Chaidh an fhèis a chur air dòigh taobh a-staigh a' bhuidseit. Tha againn fhathast ri cunntas mionaideach a dhèanamh air teach-a-steach agus cosgaisean, agus thèid aithisg mhionaideach a chur air beulaibh a' Bhùird aig a' choinneimh san Dùbhlachd aon uair 's gu bheil gach nì air a dhearbhadh.

(c) Fèisgoil: Measadh air na Pròiseactan ann an Sgoiltean ann an Loch Abar is Gallaibh

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le fiosrachadh do na Buill mu mheasadh a chaidh a dhèanamh air dà phròiseact far an robh sgoilearan ann an Ceann a Tuath na Gàidhealtachd agus ann an Loch Abar a' faighinn teagasg Gàidhlig airson deich seachdainean.

Mar phàirt de na pròiseactan, thadhail luchd-teagaisg air 15 sgoiltean gus Gàidhlig a theagasg do sgoilearan air clasaichean 5-7 sa bhun-sgoil (bha 772 sgoilearan a' gabhail pàirt). An cois na h-aithisg bha fiosrachadh mu na freagairtean a fhuaras bho sgoilearan agus tidsearan sna sgoiltean. Tha e follaiseach gu bheil iarrtas ann airson barrachd teagasg Gàidhlig air stèidh nas cunbhalaiche.

Tha sinn an dùil a dhol air ais gu Comhairle na Gàidhealtachd feuch a bheil iad airson leantainn leis a' phròiseact ann an sgìrean eile, no sna sgoiltean air an do thadhail sinn mu thràth.

Thug buill a' Bhùird fa-near don t-soirbheachadh a chaidh a chomharrachadh sa mheasadh.

(d) Co-chomhairleachadh air Plana Prògram Fèisean nan Gàidheal 2015-20

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh a bha ag iarraidh air a' Bhòrd aonta foirmeil a thoirt don dreachd de Phlana Prògram Fèisean nan Gàidheal 2015-20 agus aonta do cho-chomhairleachadh far am bithear a' sireadh bheachdan bho na Fèisean.

Chaidh a chur an cuimhne a' Bhùird gun deach am Plana Prògraim a chur a-steach gu Alba Chruthachail mar phàirt den tairgse againn airson maoineachadh, agus chaidh lethbhreac den Phlana a chur ann an post-d gu Buill a' Bhùird mu thràth.

Mhol Iain Mac a' Ghobhainn an sgrìobhainn, thoradh 's e plana 5-bliadhna a bh' ann a bha a' sealltainn gun robh a' bhuidheann a' beachdachadh air an ùine fhada. Bha e furasta a leughadh agus bha e a' faireachdainn gun robh builean is cinn-uidhe shoilleir ann.

Feumar a-nis beachdan nam Fèisean a shireadh feuch am faigh iad cothrom molaidhean a thoirt seachad a thaobh a' Phlana. Thèid a' chiad sheisean a chumail còmhla ris na Fèisean aig a' Cho-labhairt Bhliadhnail air 27 Sultain agus an uair sin thèid lethbhreac den Phlana a chur chun a h-uile Fèis ag iarraidh orra beachdan a chur a-steach ro 14 Samhain. Bidh sin a' ciallachadh gun urrainnear aithisg a chur air beulaibh a' Bhùird aig a' choinneimh san Dùbhlachd le molaidhean sam bith airson atharraichean a bhios ann.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird ris a' mholadh sin.

Thog dithis bhall den Bhòrd puing a thaobh cosgaisean airson sgoiltean a chleachdadh. Thuirt an Stiùiriche gun robhar fhathast a' bruidhinn ri Comhairle na Gàidhealtachd agus CnES gus dèanamh cinnteach gum bithear a' coimhead air tachartasan nam Fèisean mar thachartasan foghlaim agus nach fheum iad pàigheadh airson a bhith cleachdadh sgoiltean.

3.2014.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2014-15

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn a' bhuidseit airson teachd-a-steach is cosgaisean gu is bho Fhèisean nan Gàidheal leis na thachair

gu 31 Lùnastal 2014.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £11,724.36
- Cunntas Àrd-rèidh - £363,037.07
- Cunntas Bhlas - £14,954.05

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2014

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2014, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2014-15

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2014-15, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo, agus thugadh fa-near dhi.

(e) Na Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2014

Chaidh lethbhreac den na Cunntasan Bliadhnail, a chaidh a sgrùdadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Dh'aontaich am Bòrd ris na cunntasan agus mhol iad an cur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail, agus dheigheadh an soidhnigeadh an uair sin.

(f) Ath-fhastadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh

Dh'aontaich am Bòrd a mholadh don Choinneamh Bhliadhnail gum bu chòirear Mann Judd Gordon ath-fhastadh mar luchd-sgrùdaidh.

(g) Maoineachadh bho Alba Chruthachail

Dh'inns Iain Mac a' Ghobhainn don Bhòrd mun t-suidheachadh a bh' ann a thaobh iarrtasan do dh'Alba Chruthachail airson maoineachadh trì-bliadhna. B' e 7 Iuchar an ceann-latha airson iarrtasan agus fhuaras 264 iarrtasan a choilean na slatan-tomhais, agus am fear aig Fèisean nan Gàidheal nam measg. Chaidh a h-uile iarrtas a mheasadh agus bhathar a' dol a chur nam molaidhean gu Sgioba Stiùiridh is Bòrd Stiùiridh Alba Chruthachail aig toiseach an Dàmhair. Bheir iad fios seachad an uair sin mu na chaidh a cho-dhùnadh a thaobh nan iarrtasan airson maoineachaidh.

Thèid Prògram Maoineachaidh Fosgailte airson Pròiseactan fhoillseachadh air 31 Dàmhair 2014, agus bidh tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn a dh'aithghearr.

Thug an Cathraiche taing do dh'Iain airson an fhiosrachaidh.

3.2014.04 LUCHD-OBRACH

(a) Co-chomhairleachadh air atharraichean air Structar Luchd-obrach

Dh'fhàg Anne Willoughby, Moreen Pringle, Calum Ailig Mac a' Mhaoilein agus Aonghas MacLeòid (luchd-obrach) a' choinneamh fhad 's a bhathar a' bruidhinn mun chùis seo. Thuirt Deirdre Beck (ball den Bhòrd) gun robh com-pàirt aicese sa chùis cuideachd agus dh'fhàg i a' choinneamh.

Dh'inns an Ceannard don Bhòrd mu mar a chaidh don cho-chomhairleachadh air an structar luchd-obrach ùr a bhathar a' moladh.

Chaidh aontachadh:

- Gun deigheadh sanasachd a dhèanamh taobh a-staigh na buidhne airson na dreuchd, Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd, mar a bhathar a' moladh sa phàipear.

- Dh'fhaodadh an dreuchd eile airson Oifigear Leasachaidh, a bhathar a' moladh sa phàipear a bhith stèidhichte ann am Port Rìgh, a bhith stèidhichte sna h-Eileanan Siar. Dheigheadh sanasachd a dhèanamh air sin gu poblach seach gun robh e gu bhith stèidhichte ann an àite eadar-dhealaichte bho na bhathar a' moladh sa phàipear.
- Fhuair an Ceannard cead sùim aontachadh, taobh a-staigh nan crìochan a dh'aontaich am Bòrd, a dheigheadh a phàigheadh don neach-obrach a bha gu bhith air am pàigheadh dheth.

3.2014.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Bha Buill a' Bhùird toilichte fhaicinn gun robh uiread a' tachairt, gu h-àraidh a thaobh mar a bhathar a' brosnachadh dhaoine bho na Fèisean gu bhith sgrìobhadh òrain agus mar a bhathar a' brosnachadh dràma sna sgoiltean.

Rinn Art MacCarmaig moladh air an luchd-obrach airson na h-obrach a bha iad air a dhèanamh sna beagan mhìosan a dh'fhalbh, a bha air a bhith air leth trang.

(b) Pròram airson na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt 2014

Chaidh lethbhreac den phròram airson an còrr den deireadh-sheachdain, leis a' Choinneimh Bhliadhnail is a' Cho-labhairt, a sgaoileadh agus chaidh aontachadh leis.

(c) Aithisg Bhliadhnail 2014

Chaidh lethbhreac de dh'Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal 2014 a sgaoileadh am measg nam Ball.

Chaidh aontachadh ris an Aithisg agus dheigheadh a cur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail nas fhaide air an latha.

(d) A' Taghadh Buill Ùra

Bha Peigi NicIllFhinnein is Elaine Spence gu bhith fàgail a' Bhùird agus an ùine aca mar bhuill air tighinn gu crìch.

Bhathar a' dol a thòiseachadh air a' phròiseas gus buill ùra a thaghadh (1 airson nan Eilean Siar agus 1 airson sgìrean eile) a dh'aithghearr.

3.2014.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-Ath Choinneimh

Bhathar an dùil an ath choinneamh den Bhòrd a chumail ann an Inbhir Nis air Dihaoine 12 Dùbhlachd. Ge-tà, tha Duaisean nan 'Trads' gu bhith ann an Inbhir Nis air Disathairne 13 Dùbhlachd agus chaidh a mholadh Coinneamh a' Bhùird a chumail madainn Disathairne, air eagal 's gun robh Buill a' Bhùird airson a dhol gu na 'Trads'.

Thuirt Art MacCarmaig gun deigheadh fios a chur chun a h-uile Ball feuch dè am beachd, agus dheigheadh an ceann-latha a dhearbhadh cho luath 's a b' urrainn às dèidh sin.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2014.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne anns an dàrna ràithe de 2014-15.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean 2014 agus 30 Sultain 2014 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair son seirbheisean Fèisean nan Gàidheal fhaotainn. Tha lèirmheas air structur an luchd-obrach dèante agus thig an structar ùr gu bith san t-Samhain.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal. Tha dùil againn ri iarrtas ballrachd bho bhuidheann a tha ag iarraidh Fèis a stèidheachadh ann am Pàislig.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 42 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is	

			Bhòid.	
AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Thug sinn taic ri Fèis Rois, Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Bharraigh agus tha sinn a' cumail taic leantainneach ri Fèis Spè le Oifigear Leasachaidh a chumail an dreuchd.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	An dèidh co-chonaltradh le na Fèisean tha sinn a-nis air Poileasaidh ùr Gàidhlig na buidhne aontachadh agus tha sinn a-nis ga chur an gnìomh cho math ris na Fèisean fhèin.	
AC6	Leasachadh a dhèanamh air an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag agus dràma san fharsaingeachd tron t-seribheis Fèisgoil	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh Chuileag air chuairt le dealbh-cluiche ùra mun reifreann, *Do Roghainn Fhèin*, tràth san t-Sultain. Faicibh BnG19 gu h-ìseal son tuilleadh fiosrachaidh mu leasachaidhean dràma.	
AC7	Taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Chaidh taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt san t-Samhradh 2014 agus bha iad a' cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba, cuirm air a' phrìomh àrd ùrlair ann an Lèanag Ghlaschu aig Geamaichean a' Ch-fhlaitheis nam measg, cho math ri cuirm aig Loch Laomainn cuide ri Breabach. Chuir Fèis Rois air dòigh Cèilidh air Chuairt a' Cho-fhlaitheis a bharrachd air a' bhuidheann ionadail aca.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha an Sgioba-G a' frithealadh Fèisean agus a' tabhann stuthan-teagaisg aig diofar amannan rè na bliadhna. Bha iad an làthair aig 4 Fèisean tron t-shamraidh.	
AC9	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann agus tha sinn ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais le seachdnar daoine òga a' gabhail pàirt sa phròiseict Fuaran. Bidh Fèis Òrain ann ro dheireadh na bliadhna mar phàirt den phròiseact.	
AC10	Leasachadh tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig airson deugairean, còmhnaidh agus no-chòmhnaidh, a' cleachdadh ealain aig cridhe gnothaichean	Leasachaidhean Ùra	Chaidh 5 Latha 2014 a chumail eadar 7-12 Giblean le 20 deugaire a' gabhail pàirt. Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 7-18 Iuchar le 16 an làthair. Bha cuirm air a cumail le cuid de na Cèilidhean air Chuairt agus muinntir na Sgoile Samhraidh ann an Àros, Port Rìgh, far an deach dealbh-cluich ùr air leth mu chuimhneachadh air an fheadhainn a thuit sna cogaidhean a thaisbeanadh. Tha feum air adhartas a dhèanamh le trusadh chom-pàirtichean son an dàrna bliadhna den phròiseact Fuaran agus tha Fèis nan Òran san amharc airson deireadh na bliadhna.	
AC11	Lìbhrigeadh cuid den ro-innleachd "Time to Shine" le bhith a' gabhail pàirt a ghabhail ann an Hub Sgìreil Ealain cuide ri buidhnean com-pàirteachaidh air Ghàidhealtachd.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèis Rois a' stiùireadh Com-pàirteachas Ealain na Gàidhealtachd anns a bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs le grunn bhuidhnean eile. Chaidh Co-òrdanaiche Pròiseict, Stacey Toner, fhastadh le dùil gun tòisicheadh obair	

			san Dàmhair.	
AC12	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2014-15. Bidh sinn cuideachd a' teagasg fìdeig airson an dàrna bliadhna tro chùmhnant le Comhairle Shiorrachd Rinn-Friù. Faicibh InG1 son fios mu chùmhnantan eile aig Fèisgoil.	
AC13	A' leasachdh na seribheis Fèisgoil gus teachd a-steach àrdachadh agus a bhith mar phàirt de phlanaichean-lìbhrigidh na Gàidhlig air a bheil an Riaghaltas ag amas le modal 1+2 airson cànan ionnsachadh agus Eòlas na h-Alba.	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèis ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha Comhairle Àir a Tuath agus Comhairle Peairt is Cheann Rois a' còmhradh rinn mu obair a dhèanamh dhaibhsan. Chuir sinn lèirmheas a dh'ionnsaigh Comhairle na Gàidhealtachd air obair a rinn sinn dhaibh anns na sgoiltean agus tha sinn an dòchas gun tig barrachd obrach ri linn sin.	
AC14	Cothroman trèanaidh ionadail is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram trèanaidh ag amas air cothroman a thoirt seachad do luchd eagrachaidh nam Fèisean anns an sgìre aca fhèin, air an toirt seachad le Fèisean nan Gàidheal no tro solaraichean eile gu h-ionadail mar a bhios iomchaidh. Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' fhrithealadh feumalachdan nam Fèisean. A bharrachd air seo tha sinn tha sinn air trèanadh Gàidhlig a thoirt seachad gus ìre na Gàidhlig neartachadh anns na Cèilidhean air Chuairt agus don sgioba obrach cuideachd. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	
AC15	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Bidh sinn co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus ris an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart. Bidh ainn a' co-obrachadh le High Life Highland, Live Music Now agus Music in Hospitals air Pròg ram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail. Bidh Fèisean nan Gàidheal na com-pàirtiche ann an Hub Ealain Òigridh air Ghàidhealtachd.	
AC16	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Airson an dàrna bliadhna tha sinn air tachartasan Blas a chur air dòigh ann an Earra-Ghàidheal cho math ris a' Ghaidhealteachd. Fhuair sinn goistidheachd bho Maclean Electrical agus Tehnip airson tachartasan Blas.	
AC17	Blas 2014 mar phàirt den bhliadhna 'Tilleadh Dhachaigh', Iomairt a tha air an ruith le EventScotland		Bha Blas 2014 mar phàirt den bhliadhna 'Tilleadh Dhachaigh' agus na toiseach tòiseachaidh aig Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd.	

AC18	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile.	
AC19	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Ghabh Cèilidhean air Chuairt Fèis Spè, Fèis Lochabair agus Fèis Latharna pàirt ann an cuirm aig Geamaichean a' Cho-fhlaitheis air Glasgow Green air 28 luchar Chuir sinn cuirm 'Ceòl nam Fèis' air an stèidse air an oidhche mu dheireadh de Bhlas 2014 le còrr is 100 neach-ciùil òga a' gabhail pàirt bho Fhèisean thall 's a bhos. Bidh seo a' dol air adhart a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2015 agus bidh an cuid bho dheireadh na cuirme na pàirt de Na Trads air thoiseach air sin, san Dùbhlachd 2014. Bidh luchd-ciùil òga nan Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt san tachartas bliadhnail co-cheangailte ri iomain ann an Èirinn agus ann an Alba san Dàmhair.	
AC20	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd adhartachadh.	
AC21	ail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta ain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Bidh seo cuideachd a' cur ri obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG1 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh Co-labhairt 2014 a chumail ann an Inbhir Narainn air 26 is 27 Sultain. Bha Ailean Caimbeul na aoigh sònraichte agus bha iomradh air aithne a	

			thoirt don obair a tha daoine a' dèanamh gu saor-thoileach cho math ris an obair sa bheil an òigridh an sàs. Chuir sinn air dòigh, cuideachd, co-chomhairle air a' Phlana Pròghraim againn airson 2015-20.	
AC24	Plana Leasachaidh ùra airson 2015 air adhart a sgrìobhadh rè 2014/15		Chaidh plana ùra airson 2015-20 a sgrìobhadh na bu thràithe air a' bhliadhna mar phàirt den iarrtas againn airson maoin chunabhalach bho Alba Chruthachail.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Bidh sin nag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp ionmhas fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Bidh trèanadh air a thoirt seachad do na Fèisean mu ghnothaichean Cùram Chloinne nuair a thèid sin iarraidh agus tha trì seiseannan air a bhith ann am-bliadhna gu ruige seo.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha InG air sgrùdadh iarraidh air buaidh soisealta agus eaconomach na h-obrach againn ged nach deach seo a chrìochnachadh fhathast.	

Fiosrachadh Àireamhail							
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	34.4	Teachd-a-steach bho mhalairt	£479,698	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	0	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	8
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£77,223	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£308,892	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£231,669	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	489	Daoine a gheibh buannachd	21,812	Compàirtichean	3,122	Luchd saor-thoileach	266
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	15	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	1	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	3	Luchd-trèanaidh	45
Cèilidhean air Chuairt	7	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	8,200 (tbc)	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	157	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	2,236

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean			
InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Bhon a chaidh Fèisgoil a stèidheachadh ann an 2012 tha sinn air obair mhòr a dhèanamh le Ùghdarassan Ionadail, Buidhnean Poblach a' toirt seachad seirbheisean tro chùmhnantan goirid. Eadar Faoilleach agus Giblean 2014 lìbhrig sinn teagasg ann an Gàidhlig fad deich seachdainean ann an 17

			sgoiltean air taobh tuath na Gàidhealtachd agus Loch Abar mar phàirt de chùmhnant le Comhairle na Gàidhealtachd. Mar phàirt de chùmhnant le Na Cruinneachaidhean Nàiseanta thug sinn seachdad 15 bùithtean-obrach do 170 neach-obrach a tha air am fastadh le na buidhnean a tha mar phàirt de na cruinneachaidhean ann an Dùn Èideann. Bidh sinn ag amas air seirbheisean Fèisgoil a leasachadh san àm ri teachd agus tuilleadh chùmhnantan a ghlèidheadh nuair a nochdas cothroman.	
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Rinn sinn an gnothach air 58% a ruighinn ann an 2013-14 agus thathar an dòchas gun ruig sinn àireamh ceudad no nas àirde ann an 2014-15.	
InG3	17.5 obraichean lonann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 12.1 obrach FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh. Ann an 2013-14 ràinig sinn 92.4 obraichean FTE.	
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri lomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh grunn thachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach. Faicibh AC10 gu h-àrd airson fios mu phròiseactan eadar-ghinealaichean.	
InG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Chaidh adhartas mòr a dhèanamh ann an dràma Gàidhlig ann an 2013-14 agus tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le buidhnean coimhearsnachd san ùine seo, inbhich nam measg. Tha an Sgoil Shamhraidh Dràma againn a' toirt cothroman o dh'inbhich òga. Tha sinn fhathast a' coimhead ri buidheann dràma a stèidheachadh do dh'inbhich ann an Inbhir Nis rè 2014-15 ged a tha adhartas ri dhèanamh a thaobh sin fhathast.	
InG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Bidh a' mhòr-chuid de thrèanadh ga thabhann sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna. A bharrachd air seo bidh sinn a' coimhead ri trèanadh Gàidhlig a thabhainn do dh' oidean aig diofar amannan tron bhliadhna gus na sgìlean aca a thoirt air adhart. Chùm sinn latha trèanaidh do dh'oidean ICO san Lùnastal.	

InG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn an ìre mhath cinnteach gun coilean sinn an targaid seo agus chìthear na figearan airson a' chiad ràith de 2014-15 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail.	
InG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt. Fhuair sinn trèanadh ann am margaidheachd agus ràinig plana margaidheachd mar thoradh air an obair sin a thug dhuinn bunait airson neach ceumnachaidh a thoirt a-steach. Nas fhaide air adhart sa bhliadhna bidh sinn a' toirt sùil air margaidheachd eadar-nàiseanta le taic bho InG.	
InG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh CS19 gu h-àrd.	
InG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Leasachaidhean Ùra	Chaidh seo a dhèanamh agus tha InG sàsaichte mun chùis.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Taic ga chur ri gach Iomairt Ghàidhlig far a bheil oifigear aig Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air gnìomhan phractaigeach a tha a' cur taic ri gach fear, ro 31.03.15	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha an taic seo a' leantainn mar bu chòir. Bha an t-Oifigear Leasachaidh airson sgìre Lochabair agus an t-oifigear dràma an sàs le Fèis teaghlaich san Ògmhios mar phàirt de dh'Iomairt Loch Abar. Tha Oifigear an Eilein Sgitheanaich a' co-obrachadh le Fèis Thròndairnis ann an oidhrip clasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig a chumail a' dol.	
BnG2	Seisean cofaidh is còmhradh gach seachdain ann an oifis Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha na seiseanan seo fhathast a' ruith le àireamhan beag gach seachdain. Bha sinn a' sanasachd airson tuilleadh dhaoine a thàladh ach chan eil sinn a' tàladh ach dithis no triùir gach seachdain. Tha seo an urra ri suidheachadh pearsanta nan com-pàirtichean.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanadh cànain dhan luchd-obrach air fad ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid an ath latha trèanaidh a chumail san Dàmhair. Tha dithis luchd-obrach a' dèanamh cùrsa sgilean-sgrìobhaidh aig astar le Sabhal Mòr Ostaig.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile airson an luchd-obrach air fad ro 31.03.15	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh latha trèanaidh a chumail sa Chèitean air obair nam meadhanan. Bidh sinn a' coimhead ri trèanadh ann an dealbhadh, dà-chànanachas mar luchd-obrach agus trèanadh fa-leth mar sgilean dràma feumail, compiutaireachd is eile airson cuid dhan luchd-obrach.	
BnG5	A' toirt taic dha co-dhiù 44 Fèisean air feadh Alba, le	Leasachaidhean	'S i seo prìomh obrach na buidhean agus tha i a' leantainn mar bu chòir.	

	tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.15	Ùra		
BnG6	Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèisean ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Ruith trì Fèisean deug Fèisean Beaga mar phàirt den phrìomh fhèis aca.	
BnG7	Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid Panto na bliadhnasa air chuairt eadar 1 agus 10 Dùbhlachd le co-dhiù 15 taisbeanaidhean ann an sgoiltean is coimhearsnachdan.	
BnG8	Còmhraidhean a chumail le Bòrd na Gàidhlig ag amas air leasachadh theatair aois 3-7	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn an dùil còmhradh a chumail le Bòrd na Gàidhlig san Dàmhair.	
BnG9	A-rèir nan còmhraidhean sin, ag amas air cuairt seachdain le dealbh-chluich/taisbeanadh airson aoisean 3-7, a' tabhann seiseanan ciùil agus dràma do bhuidhnean Cròileagan agus a' gabhail a-steach 10 buidhnean ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	Faic BnG8.	
BnG10	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha an obair seo a' leantainn le grunn dhiofar phròiseactan ann am bun sgoiltean is àrd-sgoiltean agus cuid de bhùiththean-obrach aig ìre-ionadail air feabh Alba. Tha sinn an dùil barrachd air 80 seisean a ruith ro dheireadh a' Mhàirt 2015.	
BnG11	Co-dhiù 3 clubaichean dràma air an stèidheachadh ann an àrd-sgoiltean agus ann an co-bhonn ri buidhnean eile ro 31.03.15. Bidh seo co-cheangailte le cùmhnant ann an co-bhonn ri Eden Court, tron Lìonra Dràma.	Leasachaidhean Ùra	Ann an co-bhonn le Eden Court tha sinn an-dràsta an sàs le Theataran Òigridh ann am Baile Dhùbhthaich agus Inbhir Pheofharain. Tha an t-Oifigear Dràma aig Eden Court ag obair le buidheann ann an Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis cuideachd. Chruinnich na trì buidhnean còmhla airson oidhche shònraichte de thaisbeanaidhean rè seachdain Blas 2014, air 10mh Sultain.	
BnG12	Turas 6 seachdainean timcheall bun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	Bidh an ath chuairt a' gabhail ris an rathad san Dàmhair agus anns an t-Samhain le dealbh-chluiche mun Chogadh Mhòr.	
BnG13	Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	Tràth sa Bhliadhn' ùir, thèid dealbh-cluiche dà chànanach mun Chogadh Mhòr mun cuairt 20 sgoil far am sgoilearan a' faighinn FLI no seiseannan Fèisgoil. Chaidh dàil a chur air seo leis gum bi e na bu fhreagarraiche do na sgoiltean aig an àm ùr a thathar a' moladh.	
	40 consairt Blas eadar 5-13 Sultain 2014 le pròg ram coimhearsnachd agus sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh cànan air an àrd-ùrlar.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh Blas a chumail eadar 5-13 Sultain le 43 consartan agus pròg ram coimhearsnachd farsaing a bharrachd orra sin ann an com-pàirt ri High Life Highland, Live Music Now, Music in Hospitals agus An Comunn Gàidhealach. Tha a h-uile coltas ann gur i fèis shoirbheachail a bh' againn a-rithist am bliadhna agus bidh barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn aon uair 's gun tèid measadh a dhèanamh air cùisean.	
BnG15	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bha a' Ghàidhlig gu math follaiseach sa choimisean ùr, Cuairt nam Bàrd agus aig iomadh seinneadair Gàidhlig cho math ris na fir agus mnathan an taighe a bha ga cleachdadh air an àrd-ùrlair.	

BnG16	Coimisean ùr do neach-ciùil mar phàirt de Blas 2014, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh *Mìorbhail nam Beann* le Iain MacPharlain a chur air dòigh thairis air còig oidhcheannan rè na fèise. Bha an taisbeanadh stèidhichte air a' bhàrdachd ainmeil, *Moladh Beinn Dòbhrain*, aig Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir le cèol, òrain is seallaidhean den Ghàidhealtachd mar phàirt dhen taisbeanaidh. Ann an co-bhonn ri Dualchas Nàdair na h-Alba chaidh CD a dhèanamh le clàradh, airson a' chiad uair, den dàn air fad. Tha sinn uabhasach toilichte gum bi e a' nochdadh a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2015.	
BnG17	Cuirm 'Ceòl nam Fèis' a bhith na prìomh thachartas aig Blas 2014.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh cuirm shoirbheachail *Ceòl nam Fèis* a chumail Disathairne 13 Sultain ann an Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis, an oidhche mu dheireadh de Bhlas 2014. Bha barrachd air 100 neach bho Fèisean air feadh Alba a' gabhail pàirt agus chaidh a' chuirm a lìbhrigeadh gu dà-chànanach le Linda NicLeòid. Bidh seo ga taisbeanadh a-rithist aig Celtic Connections air Disathairne 24 Faoilleach 2015.	
BnG18	Fiosrachadh agus sanasachd gu dà-chànanach mar phàirt bhunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo a' dhèanamh le gach pìos sanasachd agus margaideachd airson Blas agus le Fear no Bean an Taighe air am fastadh airson gach cuirm.	
BnG19	Ag amas air 15 neach aois 14–18 a' gabhail pàirt anns an Sgoil Shamhraidh Dràma 2014.	Leasachaidhean Ùra	Ghabh 16 sgoilear pàirt san Sgoil Shamhraidh Dràma am-bliadhna a' togail farsaingeachd de sgìlean cudromach airson stèidse a bharrachd air ionnsachadh mu sgrìobhadh, filmadh agus co-obrachadh. B' e tachartas air leth soirbheachail a bh' ann a chrìochnaich le taisbeanadh leis an òigridh ann an Àros air Diardaoin 17 Iuchar le còrr is 80 san èisteachd.	
BnG20	Ag amas air 16 àrd-sgoilear a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearanan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2015.	Leasachaidhean Ùra	Thèid 5 Latha 2015 a chumail eadar 6 agus 11 Giblean.	
BnG21	Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan-obrach làitheil agus rianachd na buidhne.		Tha Poileasidh ùr Gàidhlig air aontachadh agus tha a' mhòr-chuid de obair-làitheil Fhèisean nan Gàidheal air a dhèanamh sa Ghàidhlig, coinneamhan a' Bhùird agus conaltradh eadar luchd-obrach na measg. Chìthear am poileasaidh an seo.	
BnG22	Clàr cunnart air a thoirt gu Bòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhreac de phàipear bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a seo, le fios as ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh coinneamh bùird Fèisean nan Gàidheal.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo air adhart gu Bòrd na Gàidhlig agus fhuair am Bòrd-stiùiridh againn aithisg bhliadhnail mu stiùireadh chunnartan aig a' choinneamh aca sa Chèitean. Ghabhadh sin fhaicinn ann an duilleagan 71 gu 73 an seo.	
BnG23	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha suaicheantas Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh air sanasachd mar a tha iomchaidh 's tha sinn ag aithneachadh taic ann an agallamhan, brathan-naidheachd is eile mar a tha iomchaidh, aig bonn puist-d agus ann an stuth sam bith a tha sinn a' clò-bhualadh.	

BnG24	Sanasan naidheachd a chur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh mar a bhios iomchaidh agus cothrom a thoirt dhan Bhòrd fios a chur ris.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Thathar a' dèanamh seo mar a tha iomchaidh, mar eisimpleir air thoiseach air Blas agus co-cheangailte ri pròiseactan mar 5 Latha agus leasachaidhean dràma.	
BnG25	Sanas làn-duilleig ann am pròg̀ram Blas 2014 air-loidhne air a thoirt dha Bòrd na Gàidhlig tron aonta seo.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo a dhèanamh agus chithear an leabhran an seo.	
Builean Chomhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Cha d' fhuaras Aonta Seirbheis fhathast aig deireadh R2.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn air a bhith a' leantainn na chaidh aontachadh ann an 2013-14 gus an tig Aonta Seirbheis. Chaidh airgead a phàigheadh le Comhairle na Gàidhealtachd.	
Fèis Lannraig a Tuath			£963.00	£0.00	£702.00	0	£0.00	£0.00	£1,665.00	£722.00	£943.00
Fèis Fhoirt			£2,975.00	£0.00	£3,700.00	50	£375.00	£0.00	£7,050.00	£4,268.50	£2,781.50
Feis Ghlaschu			£2,660.00	£0.00	£4,000.00	0	£0.00	£0.00	£6,660.00	£1,995.00	£4,665.00
Fèis Innis an Uillt			£723.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£873.00	£542.00	£331.00
Fèis Lunnainn			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£14,741.00**	**£0.00**	**£20,988.00**	**410**	**£3,075.00**	**£0.00**	**£38,804.00**	**£17,306.50**	**£21,497.50**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 77,696.00**	**£ 41,426.00**	**£ 79,881.00**	**1,535**	**£ 11,512.50**	**£ 4,500.00**	**£ 215,015.50**	**£ 101,313.50**	**£ 113,702.00**

Fèisean nan Gàidheal

Maoin Chunbhalach Alba Chruthachail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2014.03(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu thoradh an tagraidh a rinn sinn gu Alba Chruthachail agus na ceumannan a tha fhathast ri ghabhail sa chùrsa.

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gun do chuir sinn tagradh a-steach san Iuchar airson Maoin Chunbhalach bho Alba Chruthachail.

Fhuair Alba Chruthachail 264 iarrtasan a fhreagair air amasan an sgeama ron cheann-latha airson tagraidhean, 7mh Iuchar. Chaidh measadh a dhèanamh air gach iarrtas agus chaidh molaidhean bho Sgioba Stiùiridh na buidhne air beulaibh Bòrd Alba Chruthachail aig toiseach an Dàmhair.

Toradh

Chaidh co-dhùnadh a ruighinn gun robh ar n-iarrtas airidh air taic-airgid agus, anns a' chiad dol a-mach, mhol oifigearan gum bu chòir dhuinn mu £1.98m fhaotainn den £2.4m a dh'iarr sinn.

Fhuair Alba Chruthachail iarrtasan luach £200m mu choinneamh stòras de £90m. Coltach ri grunn iarrtasan eile, chaidh an t-airgead a bhathas a' tabhann dhuinne a lùghdachadh airson barrachd bhuidhnean a thoirt a-steach don chuibhreann a gheibheadh maoin chunbhalach. Tha clàr de na buidhnean a tha a' faotainn maoin chunbhalach anns na duilleagan a' leantainn le iomradh air far a bheil Fèisean nan Gàidheal a' seasamh nam measg.

Tha £1.4m ga thabhann dhuinn thairis air trì bliadhnaichean. Ged a tha seo nas lugha na bha sinn a' sireadh agus ma dh'fhaoidte gum bi againn ri ar planaichean atharrachadh ga rèir, fhuair sinn àrdachadh de 33% a' gabhail a-steach airgead a b' àbhaist dhuinn a bhith a' faighinn bho bhliadhna gu bliadhna. Leis gum bi Fèis Rois a' faotainn maoin de £660k dhi fhèin, tha an t-àrdachadh againne nas coltaiche ri 40% aon uair 's gu bheil na suimean a b' àbhaist a bhith a' dol thuca-san gan toirt a-mach às na buidseatan againn.

Ath Cheumannan

Dh'iarr Alba Chruthachail coinneamh leis a' Cheannard agus Manaidsear Leasachaidh na buidhne air 27mh Samhain agus fhuair sinn barrachd fiosrachaidh mun mheasadh a chaidh a dhèanamh agus mun toradh. Bha cothrom againn cuideachd còmhradh ri Alba Chruthachail mun na tha iadsan a' sùileachadh bhuainn leis nach d' fhuair sinn a h-uile sgillinn a bha a dhith oirnn.

Anns na duilleagan a leanas tha na feumalachdan ionmhais agus ath cheumannan air am mìneachadh le Alba Chruthachail, cinn-latha cudromach anns na beagan mhìosan a tha romhainn nam measg.

Air thoiseach air planaichean a chur thuca, tha obair ri dhèanamh air buidseatan agus feum air co-dhùnaidhean mu ghrunn raointean den phròg ram againn. Mholainn còmhradh mu na prìomh phuingean tro thaisbeanadh a bheirinn seachad aig coinneamh a' Bhùird.

Aig an àm seo, thathar den bheachd gun gabhadh a' mhòr chuid de ar pròg ram a libhrigeadh gu ìre, eadhon le nas lugha de dh'airgead ann an cuid de raointean. A bharrachd air sin, tha Alba Chruthachail air iarraidh oirnn beachdachadh gu cùramach an tèid againn air Sgeama Tabhartasan Beaga nan Ealain Traidiseanta a ruith taobh a-staigh am maoin a thathar a' tabhann.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt air:

(a) Toradh ar n-iarrtas do dh'Alba Chruthachail
(b) Àite Fèisean nan Gàidheal a-measg bhuidhnean a' faotainn maoin chunbhalach
agus
(c) Na ceumannan ri ghabhail fhathast air am mìneachadh le Alba Chruthachail

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt gun toir an Ceannard seachad taisbeanadh aig coinneamh a' Bhùird agus gun tèid iarraidh air buill prìomhachas a thoirt air raointean de ar pròg ram obrach. Bheireadh seo stiùir don sgioba a leigeadh leotha na pàipearan uile a tha a dhith air Alba Chruthachail a chur a-steach taobh a-staigh a' chlàr-ama romhpa.

Bu chòir buill a' Bhùird fa-near a thoirt gum bi dreach den Chùmhnant Maoineachaidh aca aig an ath choinneamh sa Ghearran.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2014

Organisation	Artform	Local Authority (based on applicant address)	Regular Funding Awarded - 3 years (£)	Regular Funding Awarded 1 year average(£)	Regular Funding received 14/15 (£)	Difference between 2014/15&1 year average (%)
Ayr Gaiety Partnership	Multi Artform	South Ayrshire	225,000	75,000	0	n/a
Barrowland Ballet	Dance	Glasgow City	420,000	140,000	0	n/a
The Beacon (Greenock Arts Guild)	Multi Artform	Inverclyde	600,000	200,000	0	n/a
Conflux Scotland	Theatre	Glasgow City	450,000	150,000	0	n/a
Curious Seed	Dance	Edinburgh, City of	366,225	122,075	0	n/a
Dovecot Foundation	Crafts	Edinburgh, City of	300,000	100,000	0	n/a
Dunedin Consort	Music	Edinburgh, City of	300,000	100,000	0	n/a
Festival & King's Theatre	Multi Artform	Edinburgh, City of	315,000	105,000	0	n/a
Glasgow Lunchtime Theatres	Theatre	Glasgow City	450,000	150,000	0	n/a
Glasgow Women's Library Ltd	Literature/Publishing	Glasgow City	300,451	100,150	0	n/a
Hospitalfield Arts	Visual Arts	Angus	300,000	100,000	0	n/a
Janice Parker Projects	Dance	Glasgow City	350,000	116,667	0	n/a
Paragon Ensemble	Music	Glasgow City	300,000	100,000	0	n/a
Rapture Theatre	Theatre	Glasgow City	375,000	125,000	0	n/a
Scottish Film Limited (Film Hub Scotland)	Film	Edinburgh, City of	188,820	62,940	0	n/a
The Stove Network	Visual Arts	Dumfries & Galloway	150,000	50,000	0	n/a
Timespan–Helmsdale Heritage and Arts Society	Visual Arts	Highland	285,000	95,000	0	n/a
Traditional Arts and Culture Scotland (TRACS)	Multi Artform	Edinburgh, City of	1,270,500	423,500	0	n/a
Wigtown Festival	Literature/Publishing	Dumfries & Galloway	208,500	69,500	0	n/a
The Work Room	Dance	Glasgow City	330,000	110,000	0	n/a
Glasgow Film Theatre	Film	Glasgow City	1,900,000	633,333	240,000	163.9
Red Note Ensemble	Music	Edinburgh, City of	645,000	215,000	82,121	161.8
National Youth Choir of Scotland	Music	Glasgow City	600,000	200,000	91,760	118.0
Feis Rois	Multi Artform	Highland	660,000	220,000	101,000	117.8
Regional Screen Scotland	Film	Edinburgh, City of	638,500	212,833	100,000	112.8
Aberdeen Performing Arts	Multi Artform	Aberdeen City	1,000,000	333,333	160,500	107.7
Vanishing Point	Theatre	Glasgow City	817,000	272,333	135,000	101.7
Solar Bear	Theatre	Glasgow City	600,000	200,000	100,000	100.0
Voluntary Arts Scotland	Multi Artform	Edinburgh, City of	300,000	100,000	50,000	100.0
Woodend Arts	Multi Artform	Aberdeenshire	400,000	133,333	69,884	90.8
Scottish Book Trust	Literature/Publishing	Edinburgh, City of	2,579,792	859,931	489,097	75.8
Moniack Mhor	Literature/Publishing	Highland	349,000	116,333	70,000	66.2
North Lands Creative Glass	Crafts	Highland	550,000	183,333	115,140	59.2
Scottish Sculpture Workshop	Visual Arts	Aberdeenshire	585,000	195,000	124,000	57.3
Platform - Glasgow East Arts	Multi Artform	Glasgow City	330,000	110,000	70,000	57.1
Plan B Collaborative Theatre	Dance	Highland	740,000	246,667	160,000	54.2
North East Arts Touring	Multi Artform	Aberdeenshire	250,000	83,333	55,000	51.5
Playwrights' Studio Scotland	Theatre	Glasgow City	575,806	191,935	130,000	47.6
Edinburgh Sculpture Workshop	Visual Arts	Edinburgh, City of	700,000	233,333	160,000	45.8
Highland Print Studio	Visual Arts	Highland	300,000	100,000	70,000	42.9
Centre for the Moving Image	Film	Edinburgh, City of	3,200,000	1,066,667	750,000	42.2
Citymoves Dance Agency	Dance	Aberdeen City	300,000	100,000	70,700	41.4
Scottish Music Centre	Music	Glasgow City	570,000	190,000	138,982	36.7
Stellar Quines	Theatre	Edinburgh, City of	500,000	166,667	124,000	34.4
Indepen-dance	Dance	Glasgow City	300,000	100,000	75,000	33.3
Feisean Nan Gaidheal	Multi Artform	Highland	1,400,000	466,667	352,500	32.4
Birds of Paradise Theatre Company	Theatre	Glasgow City	450,000	150,000	114,000	31.6
YDance (Scottish Youth Dance)	Dance	Glasgow City	550,000	183,333	141,200	29.8
Cumbernauld Theatre	Multi Artform	North Lanarkshire	740,000	246,667	190,000	29.8
Collective Gallery	Visual Arts	Edinburgh, City of	850,000	283,333	220,000	28.8
Youth Theatre Arts Scotland	Theatre	Edinburgh, City of	400,000	133,333	105,000	27.0
Hands Up for Trad	Music	East Dunbartonshire	400,000	133,333	106,000	25.8
Atlas Arts	Visual Arts	Highland	450,000	150,000	120,000	25.0
Edinburgh Art Festival	Visual Arts	Edinburgh, City of	300,000	100,000	80,000	25.0
Dance Base	Dance	Edinburgh, City of	1,225,000	408,333	328,000	24.5
The Arches	Multi Artform	Glasgow City	1,295,650	431,883	358,550	20.5
Scottish National Jazz Orchestra	Music	Edinburgh, City of	650,000	216,667	180,500	20.0
Pier Arts Centre	Visual Arts	Orkney Islands	800,000	266,667	222,200	20.0
Glasgow International	Visual Arts	Glasgow City	270,000	90,000	75,000	20.0
The Touring Network	Multi Artform	Highland	360,000	120,000	100,000	20.0
Shetland Arts Development Agency	Multi Artform	Shetland Islands	750,000	250,000	212,000	17.9
Eden Court	Multi Artform	Highland	2,100,000	700,000	600,000	16.7
Centre for Contemporary Arts	Multi Artform	Glasgow City	1,920,000	640,000	550,000	16.4
Tramway	Multi Artform	Glasgow City	1,050,000	350,000	303,000	15.5
Dundee Contemporary Arts	Multi Artform	Dundee City	2,000,000	666,667	580,000	14.9
Scottish Ensemble	Music	Glasgow City	1,000,000	333,333	292,000	14.2
Tron Theatre	Theatre	Glasgow City	2,421,000	807,000	707,000	14.1
Glasgow Print Studios	Visual Arts	Glasgow City	480,000	160,000	141,400	13.2
Scottish Poetry Library	Literature/Publishing	Edinburgh, City of	950,000	316,667	280,230	13.0
Comar	Multi Artform	Argyll & Bute	1,250,000	416,667	370,000	12.6
Publishing Scotland	Literature/Publishing	Edinburgh, City of	840,000	280,000	250,000	12.0
Edinburgh International Book Festival	Literature/Publishing	Edinburgh, City of	836,000	278,667	252,000	10.6
Fife Contemporary Art And Craft	Visual Arts	Fife	300,000	100,000	90,900	10.0
Hebrides Ensemble	Music	Edinburgh, City of	550,000	183,333	168,000	9.1
Travelling Gallery	Visual Arts	Edinburgh, City of	460,000	153,333	141,400	8.4
The Gaelic Books Council	Literature/Publishing	Glasgow City	620,000	206,667	191,000	8.2
Celtic Connections	Music	Glasgow City	550,000	183,333	170,000	7.8
Lung Ha's Theatre Company	Theatre	Edinburgh, City of	440,455	146,818	136,172	7.8
Craft Scotland	Crafts	Edinburgh, City of	975,900	325,300	302,000	7.7

Cove Park	Multi Artform	Argyll & Bute	400,000	133,333	125,000	6.7
Imaginate	Multi Artform	Edinburgh, City of	1,095,000	365,000	343,400	6.3
National Youth Orchestras of Scotland	Music	Glasgow City	650,000	216,667	206,316	5.0
Street Level	Visual Arts	Glasgow City	441,000	147,000	141,400	4.0
Scottish Dance Theatre	Dance	Dundee City	2,689,560	896,520	868,000	3.3
An Lanntair	Multi Artform	Eilean Siar	1,210,000	403,333	390,870	3.2
Peacock Visual Arts	Visual Arts	Aberdeen City	800,000	266,667	262,000	1.8
The Common Guild	Visual Arts	Glasgow City	540,000	180,000	177,000	1.7
Project Ability	Visual Arts	Glasgow City	430,000	143,333	141,400	1.4
Cryptic	Multi Artform	Glasgow City	750,000	250,000	247,000	1.2
Arika Heavy Industries	Music	Edinburgh, City of	600,000	200,000	198,000	1.0
St Magnus International Festival	Music	Orkney Islands	500,000	166,667	165,000	1.0
Drake Music Scotland	Music	Edinburgh, City of	350,000	116,667	115,530	1.0
Taigh Chearsabhagh Trust	Visual Arts	Eilean Siar	305,000	101,667	101,000	0.7
Glasgow Sculpture Studios	Visual Arts	Glasgow City	500,000	166,667	166,250	0.3
Puppet Animation Scotland	Theatre	Edinburgh, City of	551,000	183,667	183,500	0.1
MacRobert Arts Centre	Multi Artform	Stirling	1,230,000	410,000	409,825	0.0
Fruitmarket Gallery	Visual Arts	Edinburgh, City of	2,000,000	666,667	666,600	0.0
Edinburgh International Festival	Multi Artform	Edinburgh, City of	6,952,000	2,317,333	2,317,296	0.0
Catherine Wheels Theatre Company	Theatre	East Lothian	641,250	213,750	213,750	0.0
Citizens Theatre	Theatre	Glasgow City	3,333,000	1,111,000	1,111,000	0.0
Dance House	Dance	Glasgow City	240,000	80,000	80,000	0.0
Deveron Arts	Visual Arts	Aberdeenshire	330,000	110,000	110,000	0.0
Dundee Repertory Theatre	Theatre	Dundee City	3,255,450	1,085,150	1,085,150	0.0
Edinburgh Festival Fringe	Multi Artform	Edinburgh, City of	210,000	70,000	70,000	0.0
Edinburgh Printmakers	Visual Arts	Edinburgh, City of	480,000	160,000	160,000	0.0
Edinburgh World City of Literature Trust	Literature/Publishing	Edinburgh, City of	285,000	95,000	95,000	0.0
Enterprise Music Scotland	Music	West Lothian	675,000	225,000	225,000	0.0
Fire Exit	Theatre	Glasgow City	525,000	175,000	175,000	0.0
Grid Iron Theatre Company	Theatre	Edinburgh, City of	660,000	220,000	220,000	0.0
Luminate	Multi Artform	Edinburgh, City of	300,000	100,000	100,000	0.0
Mischief La-Bas	Theatre	Glasgow City	615,000	205,000	205,000	0.0
The National Piping Centre	Music	Glasgow City	450,000	150,000	150,000	0.0
NVA	Multi Artform	Glasgow City	450,000	150,000	150,000	0.0
Pitlochry Festival Theatre	Theatre	Perth & Kinross	1,275,000	425,000	425,000	0.0
Transmission Gallery	Visual Arts	Glasgow City	210,000	70,000	70,000	0.0
Visible Fictions	Theatre	Glasgow City	660,000	220,000	220,000	0.0
Traverse Theatre	Multi Artform	Edinburgh, City of	2,600,000	866,667	974,650	-11.1
Royal Lyceum Theatre Company	Theatre	Edinburgh, City of	3,000,000	1,000,000	1,212,000	-17.5
Horsecross Arts	Multi Artform	Perth & Kinross	1,000,000	333,333	474,000	-29.7
			99,696,859	**33,232,286**	**26,913,173**	

Creative Scotland Regular Funding 2015-18 - Initial Briefing

Overview
The purpose of this briefing paper is to outline the next steps and key dates relating to your Regular Funding award for 2015-18.

Over the coming weeks we will be working with you to finalise the details of your funding agreement. This agreement will be the contract between Creative Scotland and yourselves – outlining what your plans are, how you will deliver them, and what you will be responsible for. In return the contract will also outline our role, how we will aim to support you, and it will include the key technical details such as payment schedules and reporting responsibilities.

We are conscious that for many organisations in the portfolio, the funding offer received will be different from the amount sought. Consequently we need to work with you to ensure that your artistic and financial plans now reflect the funding offer made. This briefing document will explain how we plan to do this.

What does it mean to be a Regularly Funded Organisation?
Regular funding is central to the delivery of the ambitions set out in our 10-year plan, Unlocking Potential, Embracing Ambition. It provides a three-year planning horizon for organisations, helping them to build a strong base from which they can achieve their core aims and ambitions. We aim to work with regularly funded organisations to support the vital contribution they can make to the current health and future development of the arts, screen and creative industries in Scotland.

Creative Scotland has established the largest portfolio of organisations to be awarded three year funding in Scotland; a portfolio that is rich in its creative excellence, potential and ambition, and which demonstrates significant reach across Scotland and across many areas of practice. The organisations within the portfolio reflect some of Scotland's most innovative and dynamic cultural and creative organisations, producing and presenting great work across craft, dance, film, literature, music, theatre and visual art. Importantly, this portfolio also supports thousands of individuals working in the arts, screen and creative industries as well as other organisations in Scotland, the UK and internationally.

Our aim is to establish a partnership with the regularly funded organisations that is based on mutual respect, clarity of expectation, shared knowledge and collaboration. These relationships are important in ensuring that opportunities are harnessed and challenges addressed as effectively as possible.

The relationship with Creative Scotland
Regularly funded organisations have been assigned a Lead Officer who will become your first point of contact within the organisation throughout the funding period. Their role is to provide you with a point of contact and a consistent level of support, guidance and constructive challenge over this time. We will describe their role in more detail at our Regular Funding Information Session meeting scheduled for 21st January 2015 at the Assembly Rooms in Edinburgh.

This Information Session will also look in more detail at the schedule we are working to in order to have the Funding Agreement in place for initial payments of grant to be made by 10th April 2015.

The key date that you need to be aware of is Friday 30th January 2015 when we would ask that you send your artistic and financial plans for 2015/16. We will explain in the following sections, what you need to do for this.

Your Artistic Plan
We understand that you may need to amend your planned artistic programme in accordance with the funding that has been offered to your organisation. We would ask you to begin this process now, with a view to populating the attached templates. These templates will be used to form the basis of discussions with your Lead Officer in due course, and will contribute to the finalised version of your plan, which will be part of your funding agreement. We would ask that your artistic plan continues to reflect your key activities in the context of Creative Scotland's ambitions, priorities and connecting themes with any identified development goals over the short, medium and long term. The reason for this is to help us report against these to the Scottish Government on behalf of all Regular Funded Organisations.

Please send your Artistic Plan to us by Friday 30 January 2015 to RFOreview@creativescotland.com

Your Finance Plan
Alongside your revised artistic programme, we also require you to complete an updated financial plan, which reflects the revised funding that has been offered to your organisation. A pro-forma financial information spreadsheet is attached, along with a set of guidelines outlining the financial information we require. The financial information spreadsheet will enable you to capture both your Budget and Quarterly Cash Flow Forecast for 2015-16. We would also ask you to provide both your latest Management Accounts and latest Audited Accounts.

Please note that our funding is only confirmed on an annual basis, so whilst we do ask you to outline your financial plans for each year of the 3-year agreement, these may be subject to change if our financial settlement from the Scottish Government changes during this period.

We appreciate that some of your financial information may be in draft form, subject to your Board's approval, or pending the outcome of final funding decisions from elsewhere. However we would ask that you submit the information in as full and confirmed form as possible.

If there are any subsequent changes to this information once you have submitted it, please inform your Lead Officer.
Please send your Financial Plan by Friday 30 January 2015 to RFOreview@creativescotland.com

Equalities and Diversity
Creative Scotland is subject to the Equality Act 2010 and the Public Sector Equality Duty (PSED). All Regularly Funded Organisations are also subject to the Equality Act 2010. We therefore require you to report on Equalities and Diversity (E&D).

As well as legal compliance, it makes good business sense to address equalities and build resilient organisations that reflect and cater for the increasingly diverse communities in Scotland today.

As a Regularly Funded Organisation you will be asked to produce a clear E&D plan. We will support you to develop your plan, providing guidance and training. We will discuss the time frame for this work with you but we expect plans to be in place by March 2016.

Environmental Sustainability
Further, as a Regularly Funded Organisation you will be asked to provide an annual carbon emissions report. CS have agreed with Creative Carbon Scotland that all Regularly Funded organisations will be offered the opportunity to receive a comprehensive training and support programme to enable them to begin measuring their carbon emissions from 1 April, 2015. Creative Carbon Scotland will be contacting you this year with a view to arranging 1-1 meetings with you and to tell you about their workshop programme for the period January – March 2015.

Regularly Funding - Key Dates between now and April 2015
As explained above, we are now working to a tight timetable in order to ensure that all information and documentation is finalised in time to ensure that Funding Agreements are exchanged and payments issued. The following outlines the key dates in the coming months:

From now:
You should start to confirm your final artistic and financial plans and begin populating the templates provided. In addition you should make contact with your Lead Officer who will support you in finalising your plans.

Early December 2014:
Creative Carbon Scotland will contact you directly to set up 1-1 meetings with you, and provide details of their workshops for reporting carbon emissions (to be held between January-March 2015)

January-March 2015:
Creative Carbon Scotland 1-1 meetings, and carbon emissions workshops to take place. All Regularly Funded Organisations will be invited to attend.

Early January 2015:
You should aim to meet with your Lead Officer to discuss your final proposed artistic and financial plans.

21st January 2015:
Regular funding information meeting to take place at the Assembly Rooms, Edinburgh. All Regularly Funded Organisations are expected to attend.

30 January 2015:
Deadline for submission of all final artistic and financial plans. Please send your plans to RFOreview@creativescotland.com.

By end February 2015:
Creative Scotland will issue funding agreements to all Regularly Funded Organisations. These will need to be checked, signed and returned to Creative Scotland by mid-March 2015.

10 April 2015:
First payment of Regular Funding made to all Regularly Funded Organisations.

SUBMISSION OF FINANCIAL INFORMATION – GUIDELINES

- **BUDGET 2015 /16** – This is a financial plan for the funding year 1 April 2015 to 31 March 2016 of both income and expenditure and also showing the planned surplus or deficit for the year on the bottom line. All financial forecasts in the budget should be prudent and realistic. A contingency of 5% of expenditure is often included to allow for possible unexpected events. The budget may be submitted to Creative Scotland subject to Board approval and subject to final confirmation of other funding sources e.g., local authority funding. Regularly Funded Organisations (RFOs) are requested to complete the attached Income Exp, Capital, Bal Sheet tab (Regular Funding 15/16 Financial Proforma) with their 2015/16 budget figures. Additional 2015/16 budget documents may be optionally be submitted by RFOs to support the summary budget report in the Financial Proformas.

- **AUDITED ACCOUNTS** - Organisations usually have a statutory obligation to have their financial statements externally examined annually. The external examination will either be an audit or an accountant's report depending on the size of the organisation and its constitution. Where the latest annual accounts are in draft form awaiting the finalisation of the audit, the annual accounts may be submitted in draft form.

- **CASHFLOW FORECAST** – An annual profile of cash movements in and out of the organisation, and the projected effect on the bank balance for the year 1 (April 2015 to 31 March 2016). This report is required to assess if the organisation will have sufficient cash to continue to operate during the year. In addition quarterly RFO funding drawdown requirements are requested for each of the 4 quarters in 2015/16. These quarterly drawdown requirement figures will form the basis for the quarterly drawdown of funds from the Scottish Government and Creative Scotland payments to the organisation. Please note that funds should not be drawn down ahead of need.

- **MANAGEMENT ACCOUNTS** – Organisations usually prepare regular updates on their financial activity/position both for internal purposes and to update their Board. This can be a brief report and can be in a format to suit each organisation. A copy of this report will suffice for reporting management accounts to Creative Scotland.

- **PAYMENTS** – The planned quarterly payment dates to Regularly Funded Organisations for 2015/16 are planned to be processed by BACS on 10 April 2015, 10 July 2015, 9 October 2015 and 8 January 2016. Funds will normally be received in organisation bank accounts on the third working day after processing.

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2014.05(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg agam a' dèiligeadh dìreach ri cùisean air nach eil iomradh ann an aithisgean eile don Bhòrd.

Fèis Rois

Tha mi nam phrìomh oifigear airson Fèis Rois, agus mar as àbhaist, tha an Fhèis air a bhith air leth trang.

- Chaidh Fèis Rois nan Deugairean air adhart ann an Ulapul san Dàmhair agus bha i gu math soirbheachail
- Tha Fèis Rois a' stiùireadh na h-obrach gus Com-pàirteachas Ealain Òigridh a stèidheachadh le grunn bhuidhnean ealain a tha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd, Fèisean nan Gàidheal nam measg. Thòisich an t-Oifigear Pròiseict, Stacey Toner, na dreuchd anns an Dàmhair agus tha coinneamhan air a bhith ann airson cùisean a thòiseachadh.
- Bha Fèis Rois soirbheachail £660k fhaighinn bho Alba Chruathachail airson nam bliadhnaichean 2015-18. Tha seo a' ciallachadh nach bi Fèis Rois a' faotainn maoin tro Fèisean nan Gàidheal tuilleadh ged a bhios sinn fhathast ag obair gu dlùth riutha air diofar roinntean de ar n-obair.
- Bha buidheann aig Fèis Rois a' cluich aig Proms nan Sgoiltean ann an Talla Rìoghail Albert an Lunnainn san t-Samhain

Cinn-latha chudromach san Leabhar-latha bho chaidh a' choinneamh mu dheireadh a chumail

24.09.14	Làthaireachd aig coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh nan Ealan Traidiseanta aig Alba Chruthachail
26.09.14	Làthaireachd aig Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal
27.09.14	Làthaireachd aig Co-labhairt Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal
30.09.14	Lòn ann am Port Rìgh cuide ri Bòrd Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean
29.10.14	Làthaireachd aig tachartas ann am Pàrlamaid na h-Alba airson Lèirsinn Nàiseanta Foghlam Ciùil ann an Alba a chur gu seòl
04.11.14	Làthaireachd aig coinneamh den Com-pàirteachas Ealain Òigridh ann an Inbhir Pheofharain
07.11.14	Coinneamh le Donnchadh MacGuaire
07.11.14	Coinneamh le Fiona Dalgetty ann an Inbhir Nis
11.11.14	Coinneamh ann am Port Rìgh le Stacey Toner bho HYAH
13.11.14	Làthaireachd aig bùth-obrach margaidheachd eadar-nàiseanta ann an Inbhir Nis
18.11.14	Coinneamh le Sealladh mu bhideo Càirdeas agus Ceòl nam Fèis
18.11.14	Agallamh airson bhideo InG mun rannsachadh air Gàidhlig mar bhuannachd
20.11.14	Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Blas
27.11.14	Agallamh airson Neach-ceumnachaidh
27.11.14	Coinneamh le Alba Chruthachail mun tairgse Maoin Chunbhalach
27.11.14	Coinneamh le Coinneach Moireach is Dòmhnall MacLeòid bho Chomhairle na Gàidhealtachd mu Fèisgoil
03.12.14	Làthaireachd aig Coinneamh Bhliadhnail Fèis an Earraich ann am Breacais
04.12.14	Agallamhan airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar
10.12.14	Coinneamh airson planaichean a chur ri chèile son Blas 2015
13.12.14	Làthaireachd air Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Gu làitheil tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh agus an obair anns a bheil iad fhèin an sàs le na Fèisean aca. A bharrachd air a bhith a' cumail taic air na ceithir fèisean a tha mi a' cumail taic ris gu cunbhalach tha mi air na miosan a dh'fhalbh air a bhith a' cumail taic a bharrachd ri na Fèisean ann an sgìre Earra-Ghàidheal.

Thàiris air na trì mìosan a dh' fhalbh bha mi trang le gnothaichean Blas agus gu h-àiridh Ceòl nam Fèis le na Fèisean. Fhuair feadhainn dha na buidhnean Ceilidh air Chuairt an cothrom cluiche aig an Cuairt Deireannach de Chupa na Camanachd air an latha a bha Ceòl nam Fèis againn ann an Eden Court. Chuidich mi grunn fhèisean le gnothaichean làitheil agus fhuair mi cothrom a thadhal air Fèis a' Bhaile san Damhair. Bhruidhinn mi ri stiùiriche Celtic Connections Dòmhnall Seadha mun a' chothrom do Cheòl nam Fèis nochdadh aig an fhèis ann an 2015, 's tha sinn air leth toilichte gum bi e nochdadh air Disathairne 24 Faoilleach anns an Talla Chonsart Rìoghail.

Tha mi air a bhith ag obair air pròiseact 'Teicneòlas' le airgead a fhuair sinn bho Alba Chruthachail gus uidheamachd ùra fhaighinn dha na Fèisean. Tha sinn a-nis air na stuthan a cheannachd 's bidh sinn a' cur seo a-mach chun na Fèisean a dh'aithghearr.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha ùidh air nochdadh ann am Paislig, Cille-Bhrighde an Ear agus Appain gus Fèisean ùra steidheachadh. Choinnich Vicky NicIlleathain le buidheann ann am Pàislig air a mhìos a chaidh 's tha I air a bhith a' cumail taic le muinntirr na h-Àppainn a chum latha Fèis san t-Samhainn. Thèid coinneamh a chumail le buidheann Cille-Bhrighde an Ear sa bhliadhn-ùire.

Tha e air a bhith doirbh coinneamh a chuir air dòigh ann an Obar Dheathain gus an Fhèis ath-steidheachadh, 's chan eil mi 'n dùil gun gluais cuisean a-nis chun na bhliadhna-ùire.

Mar phàirt de phlana Ghàidhlig Shiaboist tha an coimhearsnachd ag iarraidh gun tèid clasaichean Fèise (seinn is ceòl) a thabhann do chlann a sgìre, 's tha sinn an dùil gun tòisich seo s abhliadhn' ùire.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Tha grunn phròiseactan air taic-airgid fhaighinn bhon Mhaoin Leasachaidh am bliadhna nam measg;

- Fèis Bharraigh – Taic le turas dha na duaisean Ghàidhlig far an robh an Fhèis air a chuir air adhart mar tachartas na bliadhna
- Fèis Tìr an Eòrna – taic le tachartasan sònraichte airson 25 bliadhna den fhèis a chomharrachadh
- Fèis Spè – taic airson pròiseact iomlaid le buidheann às Èirinn
- Tha grunn òigridh air taic fhaighinn bhon sgeama leasachaidh gus an cùrsa trèanaidh do luchd-teagaisg a fhrithealadh.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh poileasaidh Gàidhlig ùra fhoillseachadh na bu thràithe air a bhliadhna às dèidh ùine chonaltraidh le na Fèisean 's tha sinn gu cunbhalach a' cumail taic riutha amasan na poileasaidh a choileanadh le seirbheisean cànain, eadar-theangachadh agus cuideachd seirbheis taic fa-leth airson

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chaidh 5 Latha a chumail eadar 7-12 Giblean 2014. B' e seachdain air leth soirbheachail a bh'againn a-rithist am bliadhna le 20 com-pàirtiche a' gabhail pàirt ann an obraichean tràidiseanta na sgìre a bharrachd air bùiththean-obrach còcaireachd, turas-iasgach agus ceòl is òrain. Thèid 5 Latha 2015 a chumail eadar 6-11 Giblean.

AC9 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Tha an Sgioba-G a cumail taic ri na Fèisean le goireasan agus le daoine frithealadh Fèisean airson taic a thoirt seachad le seiseanan Gàidhlig. Tha feum a-nis air coimhead ri na goireasan agus an taic a tha sinn a' toirt dha na Fèisean gus a chumail ùr agus tarraingeach dha na com-pàirtichean.

AC12 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Air a' bhliadhna seo chaidh iarraidh air Blàr Dùbhghlais òran a sgrìobhadh airson bliadhna na Gheamaichean Cho-Fhaitheis a chomharrachadh, 's tha sin air a bhith air a chleachdadh mar òran na Fèise aig grunn Fèisean thairis air an t-samhraidh. Aig an cuirm deireannach de Bhlas 2014 chaidh an t-òran seo a ghabhail le còrr is 100 com-pàirtiche bho air feadh na Fèisean. Tha sinn an dràsta a' cruinneachadh na claraidhean a chaidh a dhèanamh le na Fèisean airson tharraing còmhla ann an aon bhideo.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh sinn a' cumail oirnn a tabhann cothroman trèanaidh do luchd-obrach, luchd-tegaisg agus luchd-saor-thoileach nam Fèisean ann an diofar seòrsa chuspairean.

Mar luchd-obrach bidh sinn a' dèanamh co-dhiù ceithir seiseanan trèanaidh còmhla agus cho fad 's is urrainn bidh iad seo tro mheadhain na Gàidhlig. Mar tha am bliadhna tha sinn air seiseannan a dhèanamh air na Meadhannan agus Gràmair

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air an riochdachadh aig coinneamhan de Fhoram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig agus cuideachd Buidhean Ciùil airson Òigridh na Gàidhealtachd aig a bheil làrach-lìn ùra - www.highlandyouthmusic.org.uk . Tha sinn cuideachd gu mòr mar phàirt den Highland Youth Arts Hub 's bidh sinn ag obair gu dlùth ris an neach-obrach Stacey Toner (Fèis Rois) a tha stiùireadh gnothaichean agus ris na buidhnean a tha an sàs san iomairt air a' Ghàidhealtachd.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bha mi air air leth trang am bliadhna cuideachadh leis an Fhèis am bliadhna le bhith frithealadh coinneamhan, planadh, meadhannan soisealta is eile air thoiseach air an latha-tòiseachaidh. Bha mi nam rep agus nam fhear-an-taighe aig grunn thachartasan rè na Fèise agus chòrd seo rium gu mòr. Bha mi gu mòr an sàs le gnothaichean co-cheangailte ris a' chuirm Cèol nam Fèis a' cumail taic agus stiùir ris na co-òrdanaichean Aonghas MacCoinnich agus Murchadh Camhsron. Bha mi an làthair a' toirt taic air cùl na stèidse rè na cuirm fhèin.

A-nis tha sinn a' coimhead air adhart do Blas 2015 's mar a ghabhas cuisean a leasachadh aig gach ìre.

AC21 **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Tha sinn ag obair gu dlùth leis an oifigear Ghàidhlig tro choinneamhan Ngas agus mar phàirt den Lionradh Dràma Ghàidhlig.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Bha sinn a' ruith dà phròiseact phìleat ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd a' teagaisg Gàidhlig ann an sgoiltean ann an Lochabair, Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh airson deich seachdainean eadar an Fhaoilleach agus toiseach a' Ghiblein.

Ghlèidh sinn cùmhnant leis Na Cruinneachaidhean Nàiseanta 's tha sinn air 15 bùithtean-obrach a' lìbhrigeadh do luchd-obrach a tha mar phàirt de na Cruinneachaidhean a' toirt fiosrachadh dhaibh mun a' chànan agus briatharachas/abairtean sìmplidh a ghabhadh cleachdadh gu làitheil leòtha.

Tha sinn air a bhith bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail eile 's tha sinn gu math dòchasach gu bheil tuilleadh cothroman ann cùmhnantan a bharrachd a buannachadh, 's gum bi sinn a lìbhrigeadh seirbheisean Fèisgoil ann an grunn sgìrean.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Air a' bhliadhna seo dh' obraich sinn còmhla ri Eden Court air a-rithist air pròiseact, a bha air a mhaoineachadh le sgeama Bòrd na Gàidhlig, airson dràma Theatar Òigridh a chuir air dòigh le tri sgoiltean. Dh' obraich Aonghas MacLeòid le sgoilearan Àrd-sgoile ann am Baile Dhubhthaich agus Inbhir Pheofhatrain gus dealbhan cluiche a sgrìobhadh airson oidhche thaisbeanaidh ann an Eden Coourt air 10 Sultain mar phàirt den Fhèis Bhlas.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1 **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothroman sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh na ceangalan a th'againn le Comunn nam Pàrant anns na diofar sgìrean anns a bheil an dà bhuidheann againn ag obair air feadh na dùthcha.

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha sinn ag obair mar phàirt de gach Iomairt tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Chaidh mòran clasaichean Fèise agus prìomh Fhèisean a chumail ann an sgìrean Iomairt air na tri miosan a dh'fhalbh, nam measg bha Fèis Deugairean ann an sgìre Lochabair, turas Iomlaid le buidheann à Èirinn ann an Inbhir Nis mar phàirt den Camanachd Eadar Nàiseanta. Tha sinn air co-dhiù 1782 a chosg air pròiseactan ann an sgìrean Iomairt rè 2013/14. Tha sinn a' frithealadh coinneamhan anns na diofar sgìrean Iomairt agus ag obair gu dlùth le na h-oifigearan anns gach sgìre. Bidh sinn a' conaltradh le Fòram Gàidhlig Shiaboist anns na miosan ti teachd mu chlasaichean a thòiseachadh sa Bhliadhn-Ùire.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Às dèidh ùine cho-chonaltraidh le na Fèisean tha sinn a-nis air am Poileasaidh Ghàidhlig ùra aontachadh 's tha sinn ga chuir an gnìomh – chithear am poileasaidh air an làrach-lìn. Tha na Fèisean a leasachadh agus leudachadh na dòighean sa bheil iad a cur am poileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhuain.

Anns an àm ri teachd ni sinn tuilleadh trèanaidh air sgìlean Gàidhlig agus cuideachd chuspairean mar dealbhadh dà chànanach, eadar-theangachadh agus tuilleadh air obair na meadhannan. Bidh sinn cuideachd a' coimhead ri dòighean airson treanadh chànain a thoirt do luchd-teagaisg agus buill chomataidhean nam Fèisean.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha sinn air a bhith a' dèanamh mòran obair le buidhnean Gàidhlig anns a' bhliadhna a dh' fhalbh tro Fèisean, Blas, co-labhairtean agus measgachadh de phròiseactan.

- Chaidh buìthtean-obrach a' lìbhrigeadh leinn aig An t-Alltan 2014
- Dh' obraich sinn le mòdan Ionadail a-rithist am bliadhna airson taic a thoirt do chlann a tha gabhail pàirt sna farpaisean
- Tha sinn an-dràsta ag obair còmhla ri Cànan gus taic iomchaidh a thoirt do sgoilearan filmean ùra a sgrìobhadh is clàradh mar phàirt den fharpais.
- Rinn sinn co-obrachadh a-rithist am bliadhna leis A' Chomunn Ghaidhealach,. Clì agus Comhairle nan Leabhraichean mar phàirt de Bhlas.

Thathas an dùil gun lean sinn oirnn leis an co-obrachadh seo agus leudaichidh sinn e far am bi cothroman a nochdadh.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha sinn dèanamh mòran co-obrachaidh le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na dùthcha le obair nam Fèisean, Blas, Dràma agus seirbheisean a tha sinn a' tabhann tro Fèisgoil.

Tha sinn air cùmhnant a' ghlèidheil leis Na Cruinneachaidhean Nàiseanta, a' toirt seachad làithean fiosrachaidh mun a' Ghàidhlig do luchd-obrach na cruinneachaidhean. Rinn sinn 15 bùithtean-obrach suas chun an t-Òg mhios 2014.

Eadar an Fhaoilleach agus a' Mhàrt bha sinn a' llìbhrigeadh 10 seachdainean de theagasg Gàidhlig ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ri fhaighinn ann an 9 sgoiltean ann an Lochabair, agus 7 sgoiltean ann an Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh. Bha seo mar phìart de chùmhnant a' ghlèidh sinn le Comhairle na Gàidhealtachd.

Bha mi an làthair aig seiminear na Planaichean Gàidhlig far an robh grunn bhuidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig ùra an làthair. Bhruidhinn mi riutha mu na cothroman a tha ri fhaighinn le Fèisgoil. Tha mi cuideachd air a bhith a' bruidhinn ri Chomhairle Pheairt is Cinn Rois mu theagasg Gàidhlig ann an sgoiltean sa sgìre sa bhliadhn-ùire.

BnG7 **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' toirt cothrom do BnaG aithris a chuir ann an cuid dha na brathan naidheachd againn. Tha a h-uile pìos naidheachd a tha sinn a' sgaoileadh air a chuir dhan Bhòrd.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2014**

Chaidh 5 Latha a chumail eadar 7-12 Giblean 2014. B' e seachdain air leth soirbheachail a bh'againn a-rithist am bliadhna le 20 com-pàirtiche a' gabhail pàirt ann an obraichean tràidiseanta na sgìre a bharrachd air bùiththean-obrach còcaireachd, turas-iasgach agus ceòl is òrain le Norrie MacIomhair agus Ailean MacEanraig.

'S e seachdain spòrsail, trang a bh' ann agus bha am fianais a fhuair sinn bho na com-pàirtichean air leth fàbharach agus na cur-seachadan gu lèir air còrdadh riutha gu mòr. Tha an Coimhearsnachd anns na Gearrannan air leth taiceil dhan an tachartas seo agus iad nan cuideachadh mòr fhad 's a tha sinn a' tadhail air an sgìre. Chum sinn cèilidh teaghlaich ann an Ionad na Seann Sgoil, Siaboist, far an robh tri-fichead neach bhon choimhearsnachd an làthair.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha Fèisean nan Gàidheal a bruidhinn agus a' cumail conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Cultarail. Tha sinn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan de Foram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a bhios air a chuir air dòigh leis an t-oifigear agus Bòrd na Gàidhlig.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2014-15 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2014-15 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £215,015.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £101,313.50 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 28 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha suim airgead £9,000 air a chur ma seach airson sgeama leasachaidh 14/15. Chaidh £5,000 a thoirt do Fèis Tìr an Eòrna, Feis Bharraigh £500 agus £500 gu Fèis Spè.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2014-15 agus le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail. Tha iad air gabhail pairt ann an 100 consairtean fad an t-shàmhraidh.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 14/15.
Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan ràitheil gu 30 Sultain agus bliadhnail gu 31 Màirt 2014 a cuir air dòigh.

Fhuair sin airgead dà ràithe, £327,500.00 air tighinn a-staigh bho Alba Cruthachail.
Airgead trì ràithean bho Bòrd na Gàidhlig, £97,500.00
£44,052.00 (100%) airgead Commhairle na Gàidhealtachd air tighinn a-staigh
£74,574.87 bho Iomairt na Gàidhealtachd, air tighinn a-staigh
£12,800 (100%) bho Comhairle nan Eilean ri tighin a-staigh
£20,000 (100%) bho Earra-Ghaidheal is Bhòid air tighinn a-staigh

Bidh sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2015. Tha seo leanntaineach agus anns An Cèitean thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach airson aonta. Tha sin a toirt sùil eile air an dràsta.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**

Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
Tha sin air tòrr fàirdealan a' pàigheadh a-mach airson Blas 2014 aidg an ìre seo.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**

Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2014. Tha £28,000 a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**

Thèid Co-labhairt 2014 a chumail ann an Inbhir Narainn air 26 is 27 Sultain 2014. Bha riochdairean bho 18 Fèisean an làthair.

AC24 **A’ cumail oirnn a’ toirt taic do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**

Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh’Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a’ cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh do Fèis a’ Bhaile, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh. Tha mi toirt taic do Fèis Spè airgead a tarraing a-staigh bho LEADER agus le gnothaichean goireasan daoine.

AC25 **A’ cumail oirnn a’ dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à’ dol air adhart mar iarrtas.

Tha cosgaisean air à’ dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A’ cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**

Tha sinn daonnan a’ feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha sinn cuideachd a’ toirt sùil air na sgilean a th’ againn taobh a-staigh na buidhne agus bha aon latha treanaidh aig luchd-obrach gu ruige seo.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A’ leantainn oirnn a’ lorg chothroman coimeirsealta; a’ dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**

Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a’ cosnadh suas, tha sin air 51% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth airson am bliadhna 2013/14, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th’ ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas nas motha. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha £109,130.00 a tighinn a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach ann an 14/15.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**

An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Tha feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt gun chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**

Tha co-obrachadh a’ leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a’ dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a’ tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh’fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo, tha 1782 uairean air an clàradh airson am bliadhna ionmhais 13/14. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a’ tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th’ againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a’ dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a’ ruith ‘cofaidh agus còmhradh’ uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a’ leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidhean Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd-obrach againn.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2014 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2014-15.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £21,192 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £109,019.50 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2014-15, a' gabhail a-steach an £22,191 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £24,253 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £24,253, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £42,186 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

Cnes 2 **Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£9,000 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2013-14 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £25,006 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

AB2 **Thèid £11,000 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Tha mi air a bhith a' leantainn orm leis a' Phoileasaidh Gàidhlig a chuir an gnìomh agus seiseanan trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chur air dòigh agus trèanaidh air cuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig far an gabhas dèanamh. Tha mi a' cuideachadh luchd-obrach eile le eadar-theangachadh gu Gàidhlig, agus a' sgrùdadh sgrìobhainnean Gàidhlig mus tèid iad an clò. Bha còignear luchd-obrach aig seisean ghràmair le Gilleasbuig Fearghasdan san Dàmhair 2014.

Bidh mi a' cuideachadh Fèisean gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh nan obair le bhith a' brosnachadh luchd nam fèisean clasaichean Ghàidhlig a fhrithealadh, a rèir comas

AC10 **A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**

Fuaran

Tha na 7 compàirtichean a' cruinneachadh òrain an-dràsta, agus an uairsin gan rannsachadh agus gan deasachadh airson clàradh. Tha mi air a bhith a' feuchainn ri cuideachadh a thoirt dhaibh oir chan eil cùisean a' gluasad cho sgiobalta 's a bu chòir dhaibh. 'S e oileanaich oilthigh a th' annda, agus tha buaidh aig obair-clas air na cruinneachaidhean aca. Thig am pròiseact gu crìch air 31 Màrt 2015.

Tha sinn cuideachd air Fèis nan Òran a chur air dòigh eadar 5 is 7 An Dùbhlachd 2014 sa Bhlaìr Dhubh gus ùidh a thogail ann an òran, agus tha 17 òigridh air clàrachadh. Gheibh iad oideachadh bho Rona Lightfoot, Maggie NicDhòmhnaill agus Eilidh NicCoinnich, le seisean clàraidh còmhla ri Gordon Gunn.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Tha trèanadh ri fhaotainn do na fèisean mar a dh' iarras iad. Am-bliadhna (2014/15) tha 31 air trèanadh fhaighinn le Fèisean nan Gàidheal. A bharrachd air seo, bha seiseanan inntinneach mar phàirt den cho-labhairt bhliadhnail as t-Sultain. (Pàipear-fiosrachaidh an lùib seo)

(Faic AC5)

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris. Cumaidh mi orm air a' bhòrd-stiùiridh as dèidh Fèisean nan Gàidheal fhàgail.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha teagamh mu Chuairt nam Bàrd, oir tha a' bhuidheann Èireannach a bha a' stiùireadh cùisean thall air a dhol a mach a bith. Bha dòchas ann gun gabhadh an Oireachtas thairis air, ach cha chualas guth gu ruige seo. Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith soirbheachail taic fhaighinn bho Cholmcille airson turas a ruith ann an Alba, ach bhiodh ceist ann am b' fhiach e cumail a' dol gun chompairtiche Èireannach.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Faic AC19.

Tha seiseanan "Cofaidh is Còmhradh" a' cumail a' dol gach seachdain ann an oifis Phort Rìgh (Faic BnG 2)

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Chuidich mi leis a' cho-labhairt le bhith a' cur seisean air duaisean air dòigh, panal fhasdadh agus an deasachadh airson an latha, agus an t-seisean a' stiùireadh agus a chumail a' dol.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas PVG aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a' ruith gu cunbhalach.

Ged a tha sgeama PVG ann, tha e cudromach gun lean na fèisean fhèin am poileasaidh Dìon-Chloinne againn a-thaobh trusaidh agus fèin-sgrùdaidh.

Tha trèanadh air Dìon Chloinne mar phàirt de thrèanadh luchd-teagaisg agus mar thaghadh do chuid de na fèisean ionadail. Tha 5near air trèanadh Dìon Chloinne a dhèanamh eadar Am Faoilleach agus An Gearran 2014, ceathrar a bharrachd sa Chèitean 2014, agus oidear YMI san Dàmhair. Rinn triùir oifigearan leasachaidh FnG trèanadh Dìon Chloinne san Dàmhair.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh' oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh' oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail iomadh turas thar na bliadhna agus tha Fèisean nan Gàidheal a' cur pròg ram ri chèile an-dràsta gus clasaichean a bharrachd a thoirt seachad. Rinn 13 adhartas sa Ghàidhlig sa Ghearrain. (Faic AC5). Tha Fèis an Iar-Thuath agus Fèis Mhoireibh a' faighinn trèanadh aon-latha gus sgilean Gàidhlig adhartachadh.

Tha an ath seisean-trèanaidh luchd-teagaisg air a chur air dòigh aig SMO air 21/22 An Gearran 2015. Tha 8nar air clàrachadh mar tha. Chaidh iarrtas airson taic-airgid a-staigh gu AC/SMC, agus tha mi a' feitheamh air freagairt.

Faodaidh fèisean iarraidh oirnn trèanadh a chur air dòigh dhaibh. Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd. Tha FnG a' cuir fiosrachadh mun cuairt bho leithid Colaiste na Gaidhealtachd an Iar, Sabhal Mòr Ostaig agus SCVO mar a thig e a-mach.

Am-bliadhna (bho 1 An Giblean 2014), tha 31 air trèanadh fhaighinn, uile bho sgìre-obrach HIE.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh airson uair dhen uaireadair. Tha dithis às a' choimhearsnachd a' tighinn gu cunbhalach airson na sgilean còmhraidh aca a thoirt air adhart, agus thig daoine a bharrachd bho àm gu àm gach Dimàirt aig àm lòin.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Faic AC 5

Seisean trèanaidh do luchd-obrach FnG air Na Meadhanan (tro mheadhan na Gàidhlig) – An Cèitean 2014
Co-labhairt Bliadhnail (seiseanan Gàidhlig le eadar-theangachadh) – Sultain 2014
Seisean trèanaidh do luchd-obrach FnG air Gràmair na Gàidhlig (tro mheadhan na Gàidhlig) – An Dàmhair 2014
Seisean eile ri rèiteachadh tràth 2015

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Chleachdamaid Clì airson tidsear Gàidhlig aig na clasaichean luchd-obrach agus clasaichean luchd-teagaisg a rèir feum. A' frithealadh choinneamhan Lasair – coinneamh mu dheireadh air 25 An t-Samhain 2013. Ag obair le Furan san Òban bho àm gu àm.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Chum Cuairt nam Bàrd oidhche san Òban, air 9 Sultain, ann an co-bhonn le Furan. Bha Fèis Latharna mar phàirt dheth, agus a' mhòr-chuid nan sgoilearan aig Àrd-sgoil an Òbain.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart, agus air pròg raman maoineachaidh.

Obair a bharrachd
Celtic Neighbours
An Ath Choinneamh – Dùbhlachd 2014.

Colaiste Ghàidhealtachd an Iar – Buidheann Chomhairleachaidh nan Ealain Chruthachail
An Ath Choinneamh - TBA

YMI – Sgrùdadh agus Measadh Luchd-teagaisg
Tha mi a' toirt taic le trèanadh agus measadh a rèir feum.

Trèanadh Luchd-teagaisg nam Fèisean
Ag obair a dh' ionnsaidh stuth teagaisg/ionnsachaidh a chur ri chèile, a ghabhas cleachdadh le luchd-teagaisg a bharrachd.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 6 Fèisean.

AC16 **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2014 ann an Inbhir Narainn air 26/27 an t-Sultain.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	Dougie Beck
Dreuchd	Oifigear Drama

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Meanbh-chuileag

Chaidh an dealbh-cluiche agam, Do Roghainn Fhèin, a thairgse do sgoiltean, is chaidh a lìbhrigeadh leam fhìn is le Artair Donald. Cha deach a' bhùth-obrach dhramataigeach seo faisg air an Reifreann fhèin, ach thug i sùil air mar a nìthear co-dhùnaidhean agus air poilitigs anns an fharsaingeachd. Le sgeidsichean mu cheannaichean breugach, na dòighean a th' aig luchd-saidheans air an cuid bheachdan a thoirt seachad, eagair shoisealta ann am Breatainn, agallamhan TBh ainmeil agus propagànda, fhuair sgoilearan sealladh èibhinn, ach feumail air poilitigs. Gu mì-fhortanach, leis gun robh cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air casg a chur air tachartasan poilitigeach ann an sgoilean air thoiseach air an Reifreann, cha do thadhail sinn air uiread sgoiltean 's a bha sinn an dùil. Gabhaidh a' bhùth-obrach seo a chleachdach a-rithist ge-tà ann an suidheachaidhean far a bheil sgoilearan a' coimhead air saoranachd, agus cuideachd air thoiseach air an ath thaghadh choitcheann Bhreatannach/Albannach. Mhothaich sinn cuideachd gun do dh'obraich a' bhùth-obrach ann an suidheachaidhean far an robh fileantaich agus luchd-ionnsachaidh a-staigh còmhla. Gus crìoch a chur air na seiseanan, chùm sinn deasbad den t-seòrsa a chìthear air an telebhisean. Fhuair sgoilearan còig mionaidean gus feallsanachd pàrtaidh poilitigeach air choireigin a sgrùdadh, agus an uair sin ceistean a fhreagairt stèidhichte air na tha dol air adhart san t-saoghal an-dràsta fhèin. Bha seo gu math soirbheachail, agus èibhinn aig amannan!

Chaidh an dealbh-cluiche mu bheatha òganaich Ghàidhealaich a thill leòinte bhon Fhraing aig deireadh a' Chogaidh Mhòir a sgrìobhadh leam fhìn is Artair Donald, is chunnaic clann le Gàidhlig air feadh na dùthcha e san Dàmhair is san t-Samhain. 'S e Aonghas MacLeòid is Artair Donald a bha nan cleasaichean. 's iad ag obair fa-leth, agus ged a tha sinn fhathast a' feitheamh air a' mheasadh gu lèir tha a h-uile coltas ann gun robh e gu math soirbheachail. Ged a bha mi fhìn an dùil tionndadh Beurla a thoirt timcheall sgoiltean ron Nollaig, cha deach agam air seo a dhèanamh air sgàth dleastanas athaireil. Bidh seo a' nise a' tòiseachadh ann an Loch Abar sa Ghearran.

Tha Peigi agus a' Bhreisleach Bhuan, panto Meanbh-chuileag na blaidhna sa, air an rathad an-dràsta, a' tadhal air sgoiltean Gàidhlig air feadh Alba thar ceala-deug. Bidh sinn cuideachd an sàs ann an dà thaisbeanadh poblach: Inbhir Nis agus Glaschu (an co-bhonn leis an Lòchran). A' leantainn plana mionaideach a chuir Aonghas ri chèile, chuir mise sgriobt air dòigh, is chaidh gleans a chur air a seo an uair sin le Aonghas agus Daibhidh Walker. Ged a bha mi fhìn an dùil a bhith san sgioba cleasachd, dh'aontaich Daibhidh Walker m' àite-sa a a ghabhail gus am b' urrainn dhomh dèiligeadh le na dleasdanasan athaireil agam. Còmhla ri Daibhidh is Aonghas tha Catrìona NicilleMhòire agus Catrìona NicNeacail, a bha roimhe nan com-pàirtichean aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma. Bha mi fhìn an sàs gu mòr ann a bhith ag ullachadh uidheamachd-stèidse airson a' phanto. Tha measadh neo-fhoirmeil air a bhith air leth math thuige seo, agus thathar a' smaoineachadh gur dòcha gur e seo a' chuairt panto as trainge a rinn sinn fhathast.

Tha sinn air toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh air planaichean airson prìomh dhealbh-cluiche Meanbh-chuileag a bhios air an rathad ron t-Samhradh. Bidh sinn a' coimhead air Bliadhna Theàrlaich, ach, an àite bhith a' sgrùdhadh beatha nan daoine a bha an sàs sa chogadh, bidh sinn a' coimhead ri beatha na cloinne air a' Ghàidhealtachd san 18mh linn deug agus air a' bhuaidh a bh' aig Èirigh nan Seumasach orra. Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu cho-bhanntachd eadar FnG agus Urras Nàiseanta na h-Alba.

Sgoil Shamhraidh Dhràma

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Bha mi an sàs ann a bhith a' deasachadh stuthan-teagaisg Gàidhig do ghrunn Fhèisean am-bliadhna.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Chuir mi seachad trì làithean aig an Alltan Bheag agus aig an Alltan fhèin a' lìbhrigeadh bhùthan-obrach do thidsearan air mar a ghabhas pupaidean agus dràma a chleachdadh le clann òga. Bha na bùthan-obrach car eadar-dhealaichte bho na seiseanan a rinn mi an-uiridh, a' coimhead am-bliadhna air misneachd sa chlas cho

math ri dràma san fharsaingeachd. Tha am measadh a' nochdadh gur iad na seiseanan agam fhìn agus aig Aonghas (a bha a' lìbhrigeadh seiseanan air sgeulachdadn) am measg na feadhainn a b' fheàrr a chòrd ri na bha an làthair.

'S e an ath cheum airson na bùtha-obrach phupaidean agam a bhith ga ceangail ri Hùb Hàb, a' bheachd a bh' aig Aonghas agus Ellen Dhòmhnallach, gus taisbeanadh ro-sgoile a chruthachadh. Tha mi air bruidhinn ri Calum mu dheidhinn seo, agus bidh seo a' tadhal air sgoiltean-àraich is buidhnean eile sa Mhàrt. Tha sinn cuideachd air cuireadh fhaighinn an t-seirbhis seo a chur air bhog air Fèis Lochabair. Tha sinn an dùil gun seas Hùb Hàb air a chasan fhèin às dèidh a' phròiseict seo a bhith deiseil, ach bheir e dhuinn cothrom am pròiseact a thoirt air adhart is a leasachadh.

Tha mi air tòiseachadh air leabhar-chloinne a chur ri chèile stèidhichte air Sìneag a' phupaid, is tha mi an dùil gum bi seo mar phàirt de phasgan a bhios ri fhaighinn do sgoiltean agus buidhnean le pupaid, DVD agus stiùir air cleachdadh phupaidean na chois. Ged a tha an leabhar stiùiridh deiseil, tha mi a' smaoineachadh nach bi an còrr deiseil ron t-samhradh.

Bidh cinn-latha air an cur air dòigh airson bùthan-obrach Fèis Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar 2015. Ged a bhios mi fhìn a' tadhal air a h-uile sgoil a tha an sàs sa phròiseact, bidh cuid de na sgoiltean a' gabhail uallach airson a' chuid as motha den obair iad fhèin, air sgàth sgilean nan tidsearan.

Tha mi air bruidhinn gu neo-fhoirmeil ri grunn sgoiltean ann an Loch Abar, 's iad a' nochdadh gum bu mhath leotha cumail orra le clasaichean Gàidhlig tro Fhèisgoil nam biodh dòigh ann maoineachadh a lorg.

Às dèidh coinneamh san t-Sultain, chaidh aontachadh gun gabhadh FnG cuairtean Gàidhlig aig Ionad Chùil Lodair os-làimh. Chuir mi seachad dà latha aig an Ionad san t-Samhain, a' leantainn neach-iùil air a' chiad latha gus cur nam chuimhne mar a tha a' chuairt ag obair (tha mi air a' chuairt seo a dhèanamh grunn tursan roimhe) agus an uair sin thug mi sgoilearan Inbhir Narann timcheall an làraich air an dàrna latha. Ged a thòisich tè òg no dithis a' rànail 's mi air dìochuimhneachadh rabhadh a thoirt dhaibh mun fhiolm fhuilteach a tha ga shealltainn mar phàirt den taisbeanadh, bha an latha soirbheachail. Tha mi an-dràsta a' coimhead às-ùr air na stuthan Gàidhlig a tha gan cleachdadh airson na cuairt seo, agus cuideachd air na stuthan a tha aca airson deugairean. Bidh FnG an sàs ann a bhith a' dealbhachadh stuthan tidseir ùra don làraich air fad, agus tha sinn a' feitheamh air fios bho mhuinntir Chùil Lodair ach an coinnich sinn ris an luchd-dealbhachaidh aca. Bha mi cuideachd an làthair aig an latha fhosgailte aca, far an tug mi seachad trì bùthan-obrach do chloinn air beatha air Ghàidhealtachd san 18mh linn deug, ceòl, òrain agus Gàidhlig nan cois. Thàinig timcheall air 40 duine-chloinne dha na bùthan-obrach agus chaidh am measadh gu dòigheil. Mar a thuirt mi gu h-àrd, tha bidh dealbh-cluiche Meanbh-chuileag 2015 a' coimhead ri beatha air a' Ghàidhealtachd aig àm nan Seumasach. Tha muinntir Chùil Lodair air nochdadh gum bu mhath leotha a bhith an sàs.

Chuir mi seachad latha ann am Bun-sgoil Chille Chòmhghain san t-Sultain às leth Fèis Leabhraichean nan Trì Lochan, 's mi a' lìbhrigeadh seisean air sgeulachdan bhon sgìre, dràma agus geamaichean. Dh'ionnsaich clann mar a tha sgeulachdan gan cur ri chèile, agus dòighean gus sgeulachdan spòrsail a chur ri chèile sa chlas.

Bha mi an làthair aig an latha "taster" airson Fèis na h-Apann san t-Samhainn, a' lìbhrigeadh bhùthan-obrach dràma agus pupaidean.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Chan eil sinn air ar beachd a thaobh trusadh oileanaich airson obair Fèisgoil a thoirt air adhart fhathast.

Tha cothrom ann seiseanan Gàidhlig a chumail do luchd-obrach Chùil Lodair.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bha mi nam Fhear an Taighe aig Blas ann an Drochaid Ruaidh Dihaoine 5 Sultain, agus bha mi an sàs anns na tachartasan aig Blas ann an Inbhir Nis Disathairne 13 Sultain.

Bidh mi an làthair aig an dà thaisbeanadh poblach rè cuairt a' phanto ann an Inbhir Nis agus Glaschu, agus cuideachd aig na cuirmean a tha air faire anns am bi Ceòl nam Fèis a' nochdadh.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2014.

AC22 **A’ cumail oirnn a’ cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Faic gu hàrd airson fiosrachadh mun phanto agus dealbh-cluiche a' Chogaidh Mhòir (thadhail seo air a h-uile sgìre iomairt, agus bidh am panto a' tadhal air a' mhòr-chuid.

Bha mi an sàs ann an obair stiùiriche airson FilmG anns an Òban agus airson Àrd-sgoil Àird nam Murchan. Bidh mi ag eadaiteadh fear de na fiolmaichean a chaidh a dhèanamh leis an Sgoil Shamhraidh.

Chaidh SSD2014 a chumail ann am Port Rìgh a-rithist am-bliadhna, le dà thachartas poblach a' gabhail àite.

Bha mi an sàs anns a' Mheanbh-fhèis a chaidh a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh san Iuchar.

Mar a thuirt mi gu h-àrd, thug mi taic do Bhun-sgoil Bhanbhaidh 's iad ag ullachadh mu choinneamh Mòd Àird nam Murchan. Bha mi cuideachd a' lìbhrigeadh seiseanan ghèamannan aig Mòd Àird nam Murchan.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Thuige seo, tha sinn air dà latha trèanaidh a chur air dòigh do luchd-teagaisg ùra.

Bha mi gu mòr an sàs ann a bhith ag ullachadh stuthan airson nan clasaichean Fèisgoil a chaidh a chumail na bu thràithe air a' bhliadhna, agus bha mi gu tric ann an conaltradh leotha. Lìbhrig mi cha mhòr ceala-deug de chlasaichean mi fhìn. Tha sinn an dùil coimhead às-ùr air na stuthan teagaisg seo ann an ùine nach bi fada airson an leasachadh.

Dhealbhaich mi leabhran is cùrsa air aire na Gàidhlig a chaidh a chleachdadh ann an Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, is gabhaidh seo cleachdadh ann an suidheachaidhean eile den aon seòrsa.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a’ choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bha mi an làthair aig Alltan na bliadhna sa a' toirt seachad bùthan-obrach CPD.

Bha sinn an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh chuairtean aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phàirt de Sheachdain Dhùn Èideann, is tha sinn an dùil gun tèid iarraidh oirnn a dhèanamh an ath-bhlaidhna cuideachd.

Mar a tha thuirt mi gu h-àrd, bha mi an sàs ann an obair FilmG a-rithist am-bliadhna.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a’ cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a’ gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Bha SSD2014 air leth soirbheachail, le àireamhan air am meudachadh agus deagh mheasachd air an oidhche mu dheireadh (faic an aithisg mu dheireadh airson fiosrachadh).

Tha sinn gus tòiseachadh air ullachadh airson SSD2015. Tha e coltach gun tèid a chumail ann am Port Rìgh a-rithist, leis cho math 's a tha na goireasan an sin. Tha trioblaidean againn fhathast oileanaich a thrusadh à Leòdhas is na Hearadh, ach gu pearsanta b' fheàrr leam gun ghluasad gu àite eile, ach nì sinn sgrùgadh air

àiteannan eile mus dèan sinn co-dhùnadh. Tha e coltach gum feum sinn stiùiriche ealain ùr a lorg, oir tha am fear a th' againn gu bhith an sàs ann an obair eile. Tha grunn rudan as urrainn dhuinn a dhèanamh gus an obair seo a choileanadh, agus bidh sinn a' rannsachadh seo anns an ùine a tha romhainn. Tha sinn an dùil na h-àireamhan a chur am meud a-rithist, ged a bhios sinn a' call duine no dithis a tha air a bhith còmhla rinn ùine mhòr, air sgàth aois.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bidh cuairt nam bun-sgoiltean a-nise gabhail àite as t-fhoghar, le dealbh-cluiche mun Chogadh Mhòr. Tha sinn dìreach air crìoch a chur air cuairt timcheall àrd-sgoiltean, agus bidh am panto air an rathad san Dùbhlachd.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Ruigidh sinn an targaid seo gu fursta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Meanbh-chuileag, obair FilmG is eile.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a’ bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a’ cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a’ bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015

Thathar an dùil Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015 a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 – 17 Iuchair 2015 agus bha e fosgailte do dheugairean fileanta sa Ghàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a dh’aois.
Bha 17 compàirtiche aig an sgoil ann an 2014, fhrithealaich 8 dhiubh sin an Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2013.
Bithear a’ gabhail ri tagraichean airson Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015 anns an Fhaoilleach.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta de Bhun-sgoiltean le FTMG

Anns an t-Samhain, rinn Meanbh-chuileag turas nàiseanta le ‘Obair Latha Tòiseachaidh’, dealbh-chluich Gàidhlig ùr mun Chogadh Mhòr a sgrìobh Dougie Beck. Bha an dealbh-chluich aon-neach seo ag amas air sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar P4 agus P7.

Chaidh an turas a roinn eadar mi fhèin agus Artair Donald a chaidh a tha na chleasaiche agus obraiche drama a chaidh fhastadh mar chleasaiche gus an dealbh-chluich a thaisbeanadh ann an ceann a deas na dùthcha, earra-ghàidheal agus anns na h-Eileanan an Iar.

Chaidh an turas agams a chumail eadar 31 Dàmhair agus 13 Samhain far an do thadhail mi air a mhòr chuid de sgoiltean le roinnean Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.
Uile gu lèir rinn mi 15 taisbeanaidhean den dealbh-chluich san ùine sin a frithealadh 17 bun-sgoiltean san sgìre.

Tha mi fada an comainn Amanda Galleitch bhon Highlanders Museum ann an Gearasdan Sheòrais a thug cothrom dhomh sùil a thoirt air an taisbeanadh ac’ mun Chiad Chogadh mus do thòisich an turas. Thug i iasad dhomh de phìosan aodach a bhiodh air saighdeirean aig àm a’ Chiad Chogaidh. Chaidh na piosan aodaich seo a chleachdadh anns taisbeanaidhean agamsa.

Tha mi cuideachd gu math taingeil airson an trèanadh air leth a fhuair mi bho DJ Mac an t-Saoir a thug fiosrachadh gu math feumail dhomh mun airm agus sheall e dhomh mar a bu chòir dhomh bhith caismeachd mar

shaighdear. Chaidh an treànadh seo a chleahdadh san dealbh-chluich 's chord an trèanadh a thug mi fhèin seachad do mu chaismeachd ri na sgoilearan gu mòr.

Chòrd an dealbh-chluich ri na sgoilearan agus ri tidsearan gu mòr m.e. bha tidsear à Bun-sgoil Stafainn ag radh gun robh e fìor mhath agus tidsear à Bun-sgoil Ulapuil ag radh gun robh e sgoinneil.

Meanbh-Chuileag – Dealbh-chuich Nollaig
Sgriobh mi plana a chleachd Dougie Beck gus dreach den sgriobt 'Peigi agus a' Bhreisleach Bhuan' a sgriobhadh.

Tha ceithrear a cleasachd san dealbh-chluich. A bharrachd orm fhèin chaidh triùir fhastadh mar chleasaichean san dealbh-chluich; Daibhidh Walker, Catriona NicIlleMhoire agus Catriona NicNeacail.
Chaidh an sgriobt sin a leasachadh agus a dheasachadh le taic bhon sgioba tro sheachain dheasachaidh a chaidh a chumail aig deireadh na Samhna ann an Inbhir Nis eadar 24 agus 28 Samhainn.

Thòisich an cuairt nàiseanta air 1 Dùbhlachd ann an Sgoil a' Ghearasdain agus criochnaichidh an turas air Dihaoine 12 Dùbhlachd aig Ionad an Spectrum ann an Inbhir Nis le taisbeanadh poblach a thòisicheas aig 730f.

Gu ruige seo tha an turas air a bhith dol glè mhath.

Chriochnaich sinn a' chiad seachdain le taisbeanadh ann an Sgoil Ghaidhlig Ghlaschu air beulaibh timcheall 500 sgoilear às a bhun-sgoil agus sgoil àraich. Tha taisbeanadh poblach gu bhith againn feasgar Disathairne 06/12/14 ann an Glaschu.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**
Rinn mi bùth-obrach aig an t-Alltan stèidhte air leabhraichean-chloinne Bookbug le molaidhean a bh'agam gus an leughadh ann dòighean a tha nas tarraingiche do chlann agus dòighean anns an gabhadh na sgeulachdan a bheòthachadh. 'S ann do luchd-obrach aig Sgoiltean Àraich agus Cròileagain a bha e ag amas agus fhuair mi a-mach bho Bhòrd na Gàidhlig às dèidh làimh gun do chòrd e riutha gu mòr 's gun robh e gu math feumail dhaibh.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Builean Bhòrd na Gàidhlig
BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Cànan: FilmG 2015
Tro chùmhnant a tha toirt taic do FilmG 2015, co-fharpais fiolmaichean ghoirid airson òigridh eadar 12 – 17, thug mi taic do na h-àrd-sgoiltean a leanas ann a bhith riochdachadh na fiolmaichean aca:

- Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich (1 seisean – Ro-radh/ Beachdan)
- Àrd-sgoil Phort Rìgh (2 seisean - Fiolmadh & Gearradh)
- Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis (2 seisean – Fiolmadh - Gearradh)

An Sgoil Shamhraidh Dhràma – Thèid dà fhiolm bhon Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014 a chur a-steach don co-fharpais cuideachd.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**
Dheasaich mi fiolmaichean a thog Artair MacCarmaig de 'Ceòl nam Fèis' aig Eden Court 's dh' fhoillsich mi iad air an t-sianail YouTube aig Fèisean nan Gàidheal.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**
Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Mar Lead Officer, bidh mi a' toirt taic agus stiùiridh dha na Fèisean agam agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le Fèisean ann an diofar sgìrean nuair a bhios sinn a' cur crìoch air an re-structure again. Anns an obair-làitheil agam an-dràsta bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson taic a thoirt do na Fèisean anns an sgìre seo agus do na Fèis a tha a' ruith Cèilidhean air Chuairt.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Eadar seo agus An Fhaoilleach bidh mi a' coinneachadh leis na Fèisean agam airson na foirmichean-iarrtais aca a choileanadh. Bidh obair leantainneach ann airson iarrtasan taic-airgid a chur a-staigh gu diofar bhuidhinn agus dh' obraich mi còmhla ri Fiona MacLean, Oifigear Leasachaidh Fèis Spè airson iarrtas a chur gu Iomairt Òigridh aig Alba Cruthachail am mìos seo chaidh. Cuideachd, tha mi sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan a chaidh a chur a-steach trath am bliadhna seo, neo aig deireadh an-uiridh airson a bhith cinnteach gum bi na Fèisean a' faighinn an taic-airgid a bu chòir dhaibh ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh sinn ag obair leis na Fèisean air fad, agus a' toirt taic riutha airson Gàidhlig a chleachdadh agus a' leasachadh aig na tachartasan aca. Nuair a bhios mi a' coinneachadh leis na Fèisean agam bidh mi a' toirt sùil air na planaichean Gàidhlig aca agus a' bruidhinn riutha mu dheidhinn cothrom ùr airson Gàidhlig a bhrosnachadh, gu h-àiridh a measg na còmataidhean ùr.

AC7 **Tachartasan tro mheadhanna Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raontean cultarach eile**

Gu mi-fhortanach chaidh an Deireadh-seachdain pìobaireachd agus Druimmaireachd aig Fèis na h-Òige a chur dheth oir cha robh compàirtichean gu leor ann, s' docha air sgàth 's gun robh am Mòd Naiseanta ann an Inbhir Nis air an aon seachdain. Tha mi ag obair còmhla ris an Fhèis airson an tachartas a ruith anns an Lùnastal agus sreath ùr de bhuthan-obrach ron àm sin airson ùidh a thogail.

AC13

Bidh mi a leantainn leis an obair còmhla ri na Cèilidhean air Chuairt airson a bhith cinnteach gu bheil Fèis Alba – an seachdain trèanaidh airson na Cèilidhean air Chuairt – a toirt dhuibh trèanadh iomchaidh agus feumail. Am bliadhna seo bidh Fèis Alba a tachairt anns a' Phloc bho 6-10 agus 13-17 Iuchar.

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachadh mu dheidhinn cothroman trèanaidh mar pàirt den obair laitheil agam.

Anns an Dàmhair, fhuair ceathrar daoine oga bho Fèis Spè Saltire Awards airson an obair saor-thoileach aig àm am prìomh Fhèis agus anns na bliadhnichean a tha tighinn, bidh iad a' leasachadh plana-treanaidh ùr a thoirt a-steach cothroman airson compàirtichean, luchd-teagaisg agus luchd-obrach.

AC17 **A' togail iomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-gnothach a mì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a'dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Air Disathairne 13 an t-Sultain ghabh barrachd na ceud compàirtichean pairt anns a' chuirm-ciùil Ceòl nam Fèis airson crìoch a chur air Blas. Thug an tachartas seo deagh cothrom do chlann bho iomadach Fèisean a' tighinn còmhla airson oidhche gu math sònraichte. Anns an dreuchd agam mar Oifigear Leasachaidh, bha mi ag obair air cùl an àrd-ùrlar air an latha. B' e latha trang a bh'ann ach chòrd e rium gu mòr. A bharrachd air sin, bha com-pàirtichean bho na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig Cupa na Camanachd air an aon latha.
Bidh sinn a cumail a dol' le Ceòl nam Fèis am mìos seo le seat aig Na Trads ann an Inbhir Nis agus anns a bhliadhn' ùr aig Celtic Connections ann an Glaschu far am bidh sinn a' dèanamh cuirm-ciùil slàn a rithist. Tha na tachartasan seo gu math cliùiteach agus tha na compàirtichean gu math toilichte a bhith sàs ann.

Mar a bha sinn an dùil chaidh am pròiseact-iomlaid againn air adhart anns an Dàmhair aig seachdain a' Mhòd

Nàiseanta agus bha e gu math soirbheachail. Bha còmhlan de luchd-ciùil sonraichte math againn agus dh' obraich iad gu math cruaidh ach chord am pròiseact riutha gu mòr. Chluich iad aig iomadh tachartas a' gabhail a-steach Cèilidh Mòir air Ràdio nan Gàidheal, an geama eadar-nàiseanta de dh' Iomainn/Hurling agus Iomall a' Mhòid.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha mi fhathast a' dol gu choinneamhan Blas airson na Fèisean a riochdachadh. An-dràsta tha sinn a' coimhead air cothroman eadar-dhealaichte airson daoine òg a bhith sàs anns an Fhèis agus tha mi dòchasach gum bi an Highland Youth Arts Hub a' toirt cothrom airson proiseactean ùr a' leasachadh airson Blas.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bha na Cèilidhean air Chuairt air fad a ruith a-rithist am bliadhna seo mar as àbhaist agus bidh mi an sàs anns na h-agallamhan airson compàirtichean anns a' Ghearrain agus sa Mhàirt. Bidh mi a' cuideachadh Fèis Spè leis na auditions aca air 28mh An Gearran agus bidh Fèis Chataibh a' ruith na h-agallamhan aca air a' chiad latha den Mhàirt.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Bidh mi a' leantainn leis an obair a bha mi a' dèanamh còmhla ri oifigearan leasachaidh agus am Bòrd aig Fèis Spè agus bidh mi ag obair gu dlùth le Fèis a' Bhaile anns na mìosan ri tighinn oir tha neach-obrach ùr aca.

Tha Fèis Bharraigh ag obair air iomadh leasachaidhean ùr an-dràsta. Tha iad air a bhith soirbheachail a' faighinn taic-airgid airson na pròiseactan aca ach bidh mi ag obair leis an Oifigear Leasachaidh airson na h-Eileanan an Iar airson iarrtas a chur gu Robertson Trust airson taic-airgid airson cosgaisean-rianachd aca oir chan eil e cho furasta na cosgaisean seo fhaighinn.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi a' moladh na cothroman trèanaidh a tha Fèisean nan Gaidheal a' tairgsinn dha na Fèisean agus bidh mi a sgaoileadh fiosrachaidh mu iomadach cothrom trèanaidh eile air post-d.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faic targaid CS17

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig e**

Nuair a bha am Mòd Nàiseanta ann an Inbhir Nis, dh' obraich mi ag Eden Court airson latha no dha, còmhla ri daoine bho na buidhnean Gàidhlig eile a' toirt taic dha luchd-obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich. Thug seo deagh cothrom dhuinn airson na buidhnean Gàidhlig a bhith 'g obaircòmhla.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faic targaid CS1

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamh chompàirtaichean nam fèisean a ghlèidheadh agus àrdachadh.

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Anns an dreuchd agam mar Àrd Oifigear Leasachaidh bidh mi ag obair gu dluth ris na h-oifigearean leasachaidh eile mar phàirt den obair laitheil agam agus mar sgioba bidh sinn a' toirt taic gu barrachd air fichead Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Faic targaid CS5. Nuair a choinnicheas mi ris na Fèisean agam airson na foirmean-iarrtais taic airgid a'

choileanadh bidh mi cuideachd a' coimhead air na planaichean Gàidhlig aca agus a' bruidhinn ruitha mu dheidhinn cothrom airson Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chleachdadh anns na tachartasan aca.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Nam dhreuchd mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhealtachd bidh mi ag obair gu dlùth ri aon fhèis deug tarsainn taobh tuath na Gàidhealtachd agus Mhoireibh, a' toirt seachad taic agus comhairle air caochladh phròiseact. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an Àrd-oifigear Leasachaidh Nicola Simpson gus tachartasan is gnìomhan nan 11 fhèis seo a leasachadh is a neartachadh. Bidh sinn a' lorg agus a' moladh phoit airgid eile bho thaobh a-muigh na buidhne aig an dà chuid ìre ionadail agus nàiseanta dha na fèisean agam agus a' toirt taic riutha leis na h-iarrtasan seo. Anns a' bhliadhna ùir bidh mi ag obair le dòrlach ùr de dh' fhèisean aon uair 's gu bheil ath-structar air dreuchdan Fèisean nan Gàidheal air a choilionadh.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do na fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Bidh mi a' coinneachadh ris na fèisean tron Dùbhlachd 's tron Fhaoilleach gus bruidhinn air na h-iarrtasan aca dhan Sgeama Tabhartasan againn is bidh mi gan cuideachadh leis na foirmichean seo.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' cur air adhart Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal gu leantainneach is a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile fèis eòlach air agus a' gabhail ris. Bheir mi taic dhaibh le bhith a' cur nam planaichean Gàidhlig aca fhèin an gnìomh, m.e. taic gus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig fhastadh agus taic le gnìomhan Gàidhlig aig na tachartasan aca. Bidh mi cuideachd ag obair còmhla ri luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòd agus Dougie Beck gus cuideachadh agus brosnachadh a thoirt dha na fèisean Sgioba-G a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca.

Bidh mi a' toirt taic sònraichte dha na fèisean gus an cleachd iad stuth margaideachd dà-chànanach a-rèir Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, m.e. postairean, bileagan is foirmichean-iarrtais. Bidh mi a' toirt taic cunbhalaiche dhan a h-uile fèis le eadar-theangachaidhean is gam brosnachadh a bhith a' tighinn thugam airson na seirbheis seo cho tric 's a ghabhas.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu chothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, an làrach-lìn agus na meadhanan-sòisealta.

Tha mi ag obair leis an Oifigear Trèanaidh againn, Iona NicDhòmhnaill airson làithean trèanaidh ionadail a chur air dòigh airson nam Fèisean anns an sgìre agam, m.e. san Òganmhios bha latha trèanaidh aig Fèis Chataibh air Dìon-Chloinne is cùrsa ùrachaidh aca air an aon chuspair as t-Samhainn.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

As t-Sultain chùm an fhèis Blas cuirm-ciùil air an robh 'Ceòl nam Fèis', consart air leth soirbheachail a' taisbeanadh thàlantan òigridh nam fèis le còrr is 100 dhiubh a' gabhail pàirt. Bha 8 a-mach às an 11 fhèis sa sgìre agam an sàs anns a' chonsart mar a leanas: Cèilidh air Chuairt Fèis Chataibh, Còmhlan Òigridh Fèis Spè, buidheann chlàrsach Fèis Mhoireibh, fidhleirean a' riochdachadh Fèis a' Bhaile, seinneadairean òga à Fèis na h-Òige agus ceoladairean bho Fhèis Inbhirn Narainn, Fèis an Iar Thuath agus Fèis air an Oir a' cluich an an seat measgaichte. Thèid am pìos mu dheireadh bhon chonsart a thaisbeanadh aig na Duaisean 'Trads' san Dùbhlachd

ann an Inbhir Nis, tachartas a tha athnichte air feadh na dùthcha agus a bhios air a chraoladh beò air telebhisean. Thèid an consart air fad a shealltainn a-rithist aig an fhèis ainmeil Celtic Connections ann an Glaschu aig deireadh an Fhaoillich is seo an treasamh cothrom taisbeanaidh airson a' phìos obrach seo.

San Dàmhair chuir sinn pròiseact iomlaid air dòigh ann an co-bhonn leis a' Chomann Chamanachd a' toirt buidheann de dh' Èireannaich is Albannaich aig a bheil Gàidhlig / Gaeilge còmhla airson ceithir latha de bhùthan-obrach cànain is ciùil. Chluich a' bhuidheann aig a' gheama iomain eadar Alba is Èirinn aig Pàirc a' Bhught a chaidh a chraoladh air TG4 ann an Èirinn agus air BBC2 Alba agus far an robh mu 2000 neach san luchd-amharc. Rinn a' bhuidheann taisbeanadh leth-slighe tron tachartas air a' phàirc is iad a' gabhail 'An Eala Bhàn' mar chuimhneachadh air gillean an iomain a dh' fhalbh a shabaid anns a' Chogadh Mhòr. Bha iad cuideachd a' cluich ciùil anns na teantan mun cuairt na pàirce. A bharrachd air a' gheama fhèin bha cothroman eile aca an cuid sgilean, ciùil is cultair a thaisbeanadh is iad a' cluich aig feasgar fàilteachaidh airson nan cluicheadair iomain agus aig Duaisean a' Chomainn Camanachd. Bha iad cuideachd ri chluintinn beò dà thriop air BBC Radio nan Gàidheal a bha a' craoladh beò bhon Mhòd Nàiseanta agus aig taisbeanaidhean neo-fhoirmeil timcheall air baile Inbir Nis mar phàirt de dh' iomall a' Mhòid.

A bharrachd air na taisbeanaidhean seo bha cuid mhath de na fèisean air taisbeanadh digiteach a chruthachadh thairis air an t-samhraidh is iad a' clàradh bhideothan dhen òran 'Càirdeas'. Bidh iad seo rim faicinn air sianail Youtube Fèisean nan Gàidheal agus air duilleagan Facebook is Twitter nam fèis fhèin. 'S iad Fèis Mhoireibh, Fèis na h-Òige, Fèis Chataibh agus rinn Fèis Spè dà chlàradh – aon aig a' phrìomh fhèis san Dàmhair is aon as t-samhradh le aoighean Èireannach à Dùn nan Gall a bha a' tadhal orra.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi a' toirt taic do Bhlas mar a tha iomchaidh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do lìonradh nan Cèilidh air Chuairt le bhith a' cuideachadh mo cho-obraichean agus co-òrdanaichean is luchd-obrach soar-thoileach nam fèis mar a tha iomchaidh. Bidh mi an làthair air panail agallamh Fèis Chataibh sa Mhàrt is bidh mi a' toirt taic dhan fhèis gus tachartas trèanaidh agus turas a chur air dòigh. Bidh mi cuideachd a' toirt taic am-bliadhna dha Fèis Fhoirt leis a' chuairt acasan agus tha mi an dùil a bhith an làthair aig trèanadh an dà fhèis aig Fèis Alba san Iuchar agus a dhol a-mach a chèilidh orra fhad 's a bhios iad air chuairt gus taic a shealltainn agus bhideo a dhèanamh. Agus tha mi air measadh math fhaighinn bho Fhèis Spè air an trèanadh Gàidhlig a rinn mi còmhla riutha is mar sin tha mi an duil seo a leasachadh agus a lìbhrigeadh a-rithist am-bliadhna.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha mi a' cumail orm le bhith a' toirt taic ri leasachaidhean nam fèis le bhith a' conaltradh riutha gu cunbhalach, a' frithealadh choinneamhan planaidh agus a' tabhann comhairle air beachdan leasachaidh:

- Tha clas ann am bogsa nam putan a'dol gu math aig Fèis a' Bhaile is iad air seo a chur ris a' phrìomh fhèis aca airson a' chiad turais is iad a' tarraing 6 compàirtichean aig seachdain na fèise.
- Tha Fèis Chataibh gu mòr airson am pròg ram leantainneach aca a leasachadh is bha latha-ciùil gu math soirbheachail aca as t-Samhainn le 47 neach eadar 8 is 18 bliadhna a dh' aois a' gabhail pàirt. Tha iad an dùil latha eile a leithid a chumail aig deireadh a' Ghearrain le tachartas a bharrachd na chois ag amas air luchd-ciùil nas adhartaiche a tha airson an sgilean obair-còmhlain a leasachadh.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi ag obair ris an sgioba dhràma againn feuch an gabh iomairtean dràma Gàidhlig a stèidheachadh airson inbhich.

Tha dithis eadar comataidh Fèis an Iar Thuath agus comataidh Fèis Mhoireibh a' frithealadh chùrsaichean Gàighlis aig an t-Sabhal Mhòr.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faicibh targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi a' toirt taic leantainneach do dh' Fhèis Spè gus tachartasan ùra a chur air dòigh ann an Siorrachd Pheairt is Chinn Rois agus Obar Dheathain.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faicibh targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamh chompàirteachan nam fèis a ghleidheadh agus àrdachadh.

Tha cuid mhath de na fèisean a-nis a' leasachadh thachartasan ùra agus a' tàladh chom-pàirtichean a bharrachd (faicibh CS24).

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Tha deich dhen aon fhèis deug agam stèidhichte ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Thathar a' brosnachadh nam fèis gu lèir Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh gus taic a thoirt dha na fèisean le eadar-theangachadh, tachartasan Gàidhlig agus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig. Tha mi a' toirt taic ris na fèisean na planaichean Gàidhlig aca ùrachadh gus na leasachaidhean is beachdan ùra aca a chur riutha. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis ag aithneachadh nam buannachd le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart sna coimhearsnachdan aca is iad a' feuchainn ri brosnachadh a thoirt do bhuill chomataidh agus luchd-obrach saor-thoileach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan aig na Fèisean agam gu cunbhalach tron bhliadhna gus taic a thoirt dhaibh le cùisean làitheil anns na mìosan às dèidh deireadh nam Fèisean. Tha coinneamhan bhliadhnail air a bhith aig cuid dhuibh. Bha mi an làthair aig coinneamh bhliadhnail Fèis Eilean na Hearadh far na dh'fhuirich a h-uile duine air a' chomataidh agus thàinig dithis eile air às ùr. Aig coinneamh bhliadhnail Fèis Tìr a' Mhurain chur iad fàilte air ais air Ceiteag NicDhòmhnaill mar chathraiche, a bha air a bhith dheth air fòrladh màthaireil, agus dh'fhuirich Tommy Dòmhnallach air mar iar-chathraiche. Gu mì-fhortanach cha d' fhuair mi air a bhith an làthair oir cha do sheòl an aiseag air an latha ach dh'iarr mi orra cunntas dhen choinneamh a chur thugam. Chùm Fèis Tìr an Eòrna coinneamh bhliadhnail far na sheas Nanac Skivington sìos mar chathraiche an dèidh iomadh bliadhna san obair. Ghabh Anne MacKenzie a h-àite agus tha mi an dùil taic a thoirt dhi gus am fàs i eòlach air na tha an lùib obair a' chathraiche. Bidh a' chòrr dhan chomataidh ga cuideachadh cuideachd, leis gu bheil a' mhòr-chuid dhiubh a' fuireach.

Chuir Christine aig Fèis Thròndairnis fios thugam mu dheidhinn comhairle a thoirt dhaibh air uairean rianachd agus mar a dh'iarras iad air an t-son ann am foirm-tagraidh na h-ath bhliadhna. Tha mi an dùil coinneachadh riutha gus coimhead air a seo nuair a thèid mi sìos airson foirmichean-tagraidh a lìonadh. Bha iad cuideachd draghail nach robh iad a' pàigheadh gu leòr dhan luchd-teagaisg aig an Fhèis ach mhol mi gun robh e gu math freagarrach, oir bidh iad a' tabhann biadh agus àite-fuireach dhaibh an asgaidh agus a' pàigheadh cosgaisean siubhail aig 45sg gach mìle. Tha Fèis Taigh Dhonnchaidh air clasaichean clàrsaich a thòiseachadh agus chuir mi fios gu Moreen gun robh clàrsaich a dhìth orra, agus eatarainn chur sinn sin air dòigh agus thog Heb Haulage iad o chionn ghoirid gus an toirt a Nis. Tha cèilidh gu bhith aca airson airgead a thogail air an 5mh den Dùbhlachd

agus tha mi gu bhith ann mar bhean an taighe.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Aig an t-àm sa dhan bhliadhna bidh mi a' cur air dòigh coinneamhan leis gach Fèis airson fòirm sgeama FNG a lìonadh, a' coimeas le foirmichean an uiridh, agus a' cur crìoch air foirm dheireannach 2014-15. Lìon mi foirm Postcode Fund airson Fèis Bharraigh, a' sireadh taic airgid airson a' chòmhlan-phìob a sgeadachadh le aodach agus ionnstramaidean ùr. Tha mi cuideachd a' lìonadh fòirm dhaibh airson an Robertson Trust, ag iarraidh gum pàigh iad cosgaisean a dh'ionnsaigh uairean rianachd. Tha mi air fòirm Awards For All a thòiseachadh airson Fèis an Rubha gus am faigh iad air na h-ionnstramaidean aca fhèin a cheannach.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Le fòirm-iarrtais sam bith tha e feumail poileasaidh no plana Gàidhlig a bhith aig na Fèisean gus na tagraidhean aca a neartachadh. Leis na foirmichean a bhios iad a' lìonadh airson 2015-16 bidh mi a' toirt taic dhaibh ma tha iad airson poileasaidh a sgrìobhadh. Bidh gach coinneamh air a chumail sa Ghàidhlig gu ìre oir anns gach comataidh bidh duine no dhithis aig nach eil Gàidhlig a tha gu math deònach taic a thoirt dhan iomairt. Aig gach fèis thèid oidhirp mhòr a dhèanamh gus luchd-teagaisg fhastadh a tha fileanta sa Ghàidhlig, agus mas e luchd-ionnsachaidh a th' annta glè thric bidh clasaichean Gàidhlig rim faotainn tro sheachdain na Fèis.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chuidich mi an sgrìobhaiche Dòmhnall S Moireach le bhith a' cur air dòigh oidhche san Lanntair far am biodh e a' bruidhinn ri daoine mu dheidhinn fighe agus iasgach, a' leughadh pìosan bhon leabhar aige a thèid fhoillseachadh tràth an ath-bhliadhna. Shaoil e gur e deagh bheachd a bhiodh ann nam biodh seinneadairean ann air an oidhche a sheinneadh òrain mu dheidhinn an dà chuspair ann an suidheachadh neo-fhoirmeil. Dh' iarr mi air Tormod MacLeòid agus Ceitlin Nic a' Ghobhainn am biodh iad deònach a bhith ann agus dh'aontaich iad. Air an oidhche bha mu 20 san èisteachd agus bha Dòmhnall a' bruidhinn mu na pìosan bàrdachd aige agus an uairsin ag iarraidh air seinneadair òran a ghabhail. Bha Màiri Nic a' Ghobhainn agus Alan Fish a' seinn cuideachd agus bha coimeas annasach de dh'òrain aig a h-uile duine a chòrd ris a h-uile duine san èisteachd. B' e oidhche gu math inntinneach a bh' ann agus tha sinn a' beachdachadh air rudeigin den t-seòrsa a dhèanamh a-rithist nuair a thèid an leabhar fhoillseachadh oir dh'obraich e glè mhath agus le beagan a bharrachd sanasachd bhiodh ùidh nas motha ann.

Chaidh mi a dh'fhaicinn dealbh-chluich a sgrìobh Dougie Beck agus a chaidh a chleasachd le Artair Donald anns an t-Samhain. Bha e air cuairt tro na h-Eileanan Siar agus fhuair mi air fhaicinn ann an Sgoil an Taobh Siar ann am Barabhas an Leòdhas. An àite a bhith a' lìbhrigeadh a' chùis leis fhèin, dh'iarr e air a' chlann a chuideachadh agus a chleasachd, ag iarraidh na beachdan aca air mar a bhiodh na caractaran a' faireachdainn agus mar a bhiodh buaidh aig na bha tachairt air am beatha làitheil. Dh'obraich seo gu math oir bha iad a' tuigsinn na bha iad a' dèanamh na b' fheàrr agus cha do chaill iad ùidh idir ged a bha iad ann uair a thìde gu leth.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh mi tric ann an conaltradh le Iona, oifigear trèanaidh agus poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal, gus cothroman trèanaidh a chur air dòigh airson na Fèisean anns an roinn agam. Sgaoil mi post-dealain chun na Fèisean agam o chionn ghoirid a fhuair mi bho Breacan Training mu dheidhinn làithean trèanaidh ann an Ciad Cobhair agus dh'iarr mi orra fios a chur gu Iona ma bha ùidh aca ann an latha no dhà a dhèanamh.

AC25 **A cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Feumaidh gach duine a bhios a' teagasg aig an Fhèis ri PVG a chur a-steach a rèir an lagh. Chan eil trioblaid cho mòr ann am bliadhna le daoine nach eil air a bhith gan cur gu Sandy ann an tìde ach tha cuid de dh'Fhèisean aig a bheil aon no dhà fhathast ri thighinn. Bidh mi a' cur fios thuca gu tric mu dheidhinn an fheadhainn a tha às aonais PVG agus bidh e an urra riutha an uairsin grèim fhaighinn orra gus seo a rèiteachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Leis gu bheil mi ag obair ann an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich bidh mi tric gan cuideachadh, a' freagairt am fòn agus a' reic leabhraichean agus CDs ma bhios Peigi agus Marina trang. Aig àm a' Mhòd Nàiseanta bha an oifis uabhasach trang agus anns an t-seachdain mus do thòisich am Mòd bha mi a' toirt taic dhaibh le ullachaidhean leithid pròraman a chur ann an cèisean airson daoine a bha air an òrdachadh, a' cleachdadh an inneal 'franking' agus an uairsin gan toirt ann am bucais gu oifis a' phuist (bha an t-uabhas ann!) Bha mi cuideachd a' gabhail fiosrachadh pàighidh air am fòn, a' dèanamh labels airson litrichean agus a' cur liostaichean de dhaoine air dòigh a fhuair cuireadh gu cuirmean sònraichte a bha Calmac gu bhith a' cumail fad na seachdain.

Bha mi air pròram Feasgar air Radio nan Gàidheal o chionn ghoirid, a' beachdachadh air naidheachdan a nochd anns na làithean roimhe.

Chuir Mairi Wilson aig CnaG fios thugam o chionn seachdain no dhà, ag iarraidh orm co-obrachadh leatha air beachd a th' aice air theatre cloinne a chur air dòigh. Thuirt mi rithe gum biodh fios agam am bithinn anns an obair anns na seachdainean a tha ri thighinn agus cuiridh mi fios air ais thuice an uairsin.

BnG 10 **Taic a thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Bidh mi a' toirt taic do 11 Fèis anns na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach:
Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis an Rubha, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Bharraigh, Fèis Thròndairnis, Fèis an Earraich agus Fèis Ratharsair.
Chan eil mi air guth a chluinntinn fhathast ma tha Fèis Ratharsair a' ruith ach bidh mi a' feuchainn tric.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na Fèisean a tha mi a' cuideachadh.

- Chaidh latha Fèise a chumail aig Bun-sgoil Strath na h-Apainn fad an d' fhuair clann às a sgìre cothrom diofar ionnstramaidhean fheuchainn. Tha beachd aig muinnntir na h-Apann gu bheil iad feumach air Fèis aca fhèin air sgàth nach eil e cho furasta son parantan faighinn dhan Òban a h-uile seachdain son leasannan. Bha clasaichean ann an fidheall, dannsa-cheum, bosca-ciùil, fideag, seinn agus archery ri fhaotinn agus chòrd an latha ris a h-uile duine.
- Chaidh ceilidh a chumail ann am Muile son airgead a thogail son an Fhèis aca anns an t-Samhain. Thog iad £260 agus tha sinn ag uallachadh son an Fhèis anns a' Ghearran. Tha e math Fèis a bhith ann am Muile a-rithist.
- Tha clasaichean dannsa-cheum ùr gu bhith toiseachadh aig Fèis Lochabair.
- Chaidh Fèis Òigridh na Mara a chumail aig toiseachd an Dàmhair agus thàinig clann bho air feadh an àite. Bha clasaichean ri fhaotainn ann an giòtar, fidheall, bocsa-ciùil, fideag, feadan, seinn is obair-bhuidhne. Chrìoch an fhèis le taisbheanadh aig Cèildih anns an West Highland Hotel.
- Tha Fèis Phàislig air comataidh fhaighinn agus tha a' dèanamh adhartas ag ullachadh son an Fhèis aca anns an Iuchair.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Tha da choimhearsnachd air tighinn thugam le ùidh ann am Fèis a thòiseachadh san sgìre aca. Tha mi air am fiosrachadh an seo a thoirt dhan mhanaidsear agam agus le ceud bhuath tha mi air obair a dhèanamh anns na sgìrean.

- Thàinig Grant McFarlane thugam le beachd Fèis ùr a thoiseachadh ann am Pàislig. Tha esan air a bhith mar sàs leis an Fhèis airson bliadhaichean mar tutor agus tha e a' faicinn na cothroman a tha daoine òg a' faighinn às. Tha mi air coinneachadh ris tric agus a-nis tha comataidh Fèis Phàislig againn agus tha iad a' deisealachadh son an Fhèis aca anns an Iuchair.
- Tha mi air a bhith ag obair le buidheann anns an Apainn – Gàidhlig san dachaidh an Apainne. Tha iadsan ag

iarraidh Fèis iondail a bhith aca a' toirt cothroman do chlann anns an Apainn, Dùror, Lìos Mòr is a' Bharra Challtainn. Dh' obraich sinn leis a' Bun-sgoil Srath na h- Apainne agus chuir sinn air dòigh far an d' fhuair clann bhon na sgoiltean timcheall a dhol ann. 'S e latha air leth soirbheachail a bh' ann agus tha sinn an dòchas gun cuir sinn Fèis cheart air dòigh sa bhliadhn' ùr a tha a' coinneachadh co-dhiù gach mìos.

A bharrachd air a sin tha mi air a bhith an sàs le Fèis Mhuile a-rithist. Tha Fèis gu bhith aca anns a' Ghearran agus tha sinn a' coimhead air adhart ris.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

An dràsd tha mi gu mòr an sàs le Film G – 's e farpais fhiolm a th' ann a tha a' toirt cothroman do dhaoine òga na fiolmaichean aca fhèin a dhèanamh. Bidh iad a' sgrìobhadh, a' fiolmadh, a' gearradh agus a' sanasachd na fiolmaichean aca fhèin bho thoiseach gu deireadh. 'S e fior dheagh chothrom a tha seo dhomhsa cuideachd air sgàth gu bheil mi a' neartachadh na ceangaliean agam eadar na sgoiltean sa sgìre agus Fèisean nan Gàidheal agus bidh mi a' dol a-steach dhan na coimhearsnachd a' togail àire dhaoine dha na rudan a tha Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh.

Gu tric cuideachd bidh mi a' cleachdhadh na meadhanan socialta airson na pròiseactan agam a bhrosnachadh. Bidh mi a' cleachdadh twitter agus facebook tric agus cuideachd sgriobhaidh mi pìosan son na naidheachdan nuair a tha e freagarrach.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Bidh mi cuideachd a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu nuair as urrainn dhomh.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. Tha treanadh ri fhaighinn tron a' mhanadsair treanaidh againn agus gheibh a h-uile Fèis an cothrom sin a ghabail. Airson gach Fèis tha dithis ainmeachadh mar Oifigearan Dìon Chloinne agus tha e cudromach gun cùm iad suas leis an treanadh sin. Bidh mise a' coimhead as dèidh sin ro gach Fèis.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Thoir sùil air AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh mi a' brosnachadh a h-uile comataidh Gàidhlig a chleachdadh agus tha mi a' faicinn adhartas a thaobh Ghàidhlig leis na Fèisean agam. Is math a rinn iad!

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org